

STIÙIREADH REACHDAIL AIR TRÀTH-IONNSACHADH AGUS CÙRAM-CHLOINNE

AN T-IUCHAR 2021



TheScottishGovernment



@ScotGov



www.gov.scot



**Smarter
Scotland**
Scottish
Government

Clàr-innse

Ro-ràdh	4
Mìneachadh	4
Mar a chleachdar an stiùireadh seo	9
Earrann 46: Mìneachadh air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne	10
Earrann 47: Dleastanas dèanamh cinnteach gu bheil tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne ann do chlann ion-roghnach.....	11
Tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne roghnach.....	12
Clann aois 2 bliadhna a tha ion-roghnach.....	13
Adhbhar a’ phoileasaidh seo	13
Clann fo chùram, cùram luchd-dàimh agus òrdughan luchd-glèidhidh	14
Clann aois dà bhliadhna le pàrant a bha fo chùram	14
Pàrantan a tha a’ faighinn shochairlean ion-roghnach.....	15
A’ cleachdadh cumhachd roghnach airson clann aois 2 bhliadhna	15
A’ brosnachadh na còrach	16
Cinn-latha tòiseachaidh is crìochnachaidh airson ion-roghnachd	17
Cinn-latha tòiseachaidh	17
Cinn-latha crìochnachaidh	18
Inntrigeadh dàilichte dhan sgoil agus ion-roghnachd	21
Inntrigeadh dàilichte dhan sgoil agus ion-roghnachd gu 31 Iuchar 2023	21
Inntrigeadh dàilichte dhan sgoil agus ion-roghnachd bho 1 Lùnastal 2023.....	24
Inntrigeadh dàilichte dhan sgoil agus ion-roghnachd do chloinn a tha air aois na sgoile a ruigsinn	24
Earrann 48: An ìre riatanach de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a dh’fheumar toirt seachad.....	26
Tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne air a thoirt seachad gun chìsean a bhith ann	27
Cìsean airson nithean roghainneil a bharrachd.....	27
Cìsean airson tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne a bharrachd	28
Earrann 49: Clann aois 2 bhliadhna fo chùram: ullachaidhean a bharrachd gus na feumalachdan sunnd aca a choileanadh	29
Earrann 50: Dleastanas a bhith a’ cumail co-chomhairle agus planadh a dhèanamh air libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.....	31
A’ dèanamh na co-chomhairle	31
Tricead na co-chomhairle	35
Ag ullachadh agus a’ foillseachadh plana air libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne	35
Feumalachdan taic a bharrachd.....	37

Earrann 51: Dòigh-libhrigidh tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne	41
Frèam-obrach airson a bhith a' libhrigeadh Tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte	41
A' toirt seachad nas lugha na a' chòir reachdail air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte	42
Frithealadh.....	43
Earrann 52: Sùbailteachd san dòigh anns am bithear a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.....	45
Eadar-ghluasadan agus cùram measgaichte	47
Stiùireadh a bharrachd air prìomh reachdas agus poileasaidh eile co-cheangailte ri libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.....	48
A' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte tro fharsaingeachd de sholaraichean	48
Dòigh-obrach Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste, agus an Ìre Nàiseanta airson solaraichean Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne.....	48
A' faighinn solar aig àrd-ìre.....	49
Rèiteachaidhean maoineachaidh ionadail	51
Co-chomhairle fo Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairle) (Alba).....	51
Poileasaidhean Inntigidh agus ullachaidhean tar-crìche	52
Biadh, greimean-bìdh is deochan.....	53
Biadh goile an-asgaidh	53
Gealltanais biadh a thoirt seachad ann an tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne..	54
Biadh/greimean-bìdh a bharrachd	55
Sgeama Baine agus Greimean-bìdh Fallain na h-Alba.....	55
Cùram-latha aig ìre ro-sgoile fo earrann 27 de dh'Achd 1995.....	56
Bile Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh (Corpachadh) (Alba).....	56
Tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig	57
A' cur nan dleastanasan reachdail an gnìomh	58
Leas-phàipear A: Faclair	59

Stiùireadh Reachdail air Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne

Ro-ràdh

1. Chaidh an stiùireadh reachdail seo fhoillseachadh fo earrann 34 de dh'Achd Ìrean ann an Sgoiltean na h-Alba 2000 (Achd 2000) a tha a' toirt cumhachd do Mhinistearan na h-Alba a bhith a' toirt stiùireadh do dh'ùghdarrasan foghlaim mu bhith a' toirt seachad nan dleastanasan aca a thaobh libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Tha an stiùireadh reachdail seo an sàs bho 1 Lùnastal 2021 air adhart.
2. Thèid an stiùireadh an àite seann stiùireadh is chuairt-litrichean; agus bu chòir a leughadh còmhla ris an reachdas mu bheil e.
3. Tha a' phrìomh phàirt den stiùireadh reachdail a' leantainn nan ullachaidhean mar a chaidh am mìneachadh ann am Pàirt 6 de dh'Achd na Cloinne is na h-Òigridh (Alba) 2014, oir 's ann tro na fhoinceanan seo a tha tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne air am mìneachadh. A bharrachd air seo, tha stiùireadh a bharrachd ann air prìomh reachdas agus poileasaidh co-cheangailte a tha taobh a-muigh raon-ùghdarras earrann 34 de dh'Achd 2000 fon deach an stiùireadh reachdail seo fhoillseachadh.

Mìneachadh

4. Anns an sgrìobhainn seo is e 'ùghdarrasan foghlaim' a chanas sinn ri ùghdarrasan ionadail oir tha a' mhòr-chuid de na h-iomraidhean san stiùireadh co-cheangailte ris na dleastanasan reachdail aca a tha a' buntainn ri foghlam sgoile.
5. Tron sgrìobhainn seo air fad, thathar air na briathran 'pàrant' agus 'pàrantan' a chleachdadh, agus tha seo a' gabhail a-steach neach-glèidhidh agus neach sam bith eile aig a bheil, no a tha a' toirt seachad, dleastanasan pàrant a thaobh pàiste no neach òg, no a tha a' coimhead às dèidh pàiste no neach òg (a rèir a' mhìneachaidh ann an earrann 1 (3) de dh'Achd na Cloinne (Alba) 1995).
6. Tha na dleastanasan aig ùghdarrasan foghlaim gus dèanamh cinnteach gum faigh clann fo aois sgoile foghlam air an cur an cèill ann an **Achd an Fhoghlaim (Alba) (1980)**.
7. Tha **Achd na Cloinne is na h-Òigridh (2014)** (Achd 2014), agus an reachdas dàrnach a rinneadh bho 2014:
 - a' mìneachadh na h-abairt 'tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne';
 - a' mìneachadh ion-roghnachd a thaobh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne;

- a' mìneachadh na h-uiread de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne (ris an canar 'ìre riatanach de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne' san reachdas) air a bheil còir aig clann ion-roghnach agus tha a' mìneachadh an fhrèam-obrach gus seo a libhrigeadh.

Tha mìneachadh a bharrachd air na teirmichean sin anns an Liosta-bhriathrachais (ann an Eàrr-ràdh A).

8. Gus mì-chinnt sam bith a sheachnadh, agus gus a bhith a' co-thaobhadh ri sgrìobhainnean stiùiridh poileasaidh co-cheangailte, tha an Stiùireadh seo a' toirt iomradh air an 'ìre riatanach de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne' mar **an còir air tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne maoinichte**.
9. Chan fheum clann ion-roghnach gabhail ris an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte air a bheil còir aca - chan fheum iad gabhail ris air fad no ri pàirt sam bith dheth.
10. Tha Achd 2014 a' cur dhleastanasan air ùghdarrasan foghlaim co-chomhairle a chumail le pàrantan mu libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte, agus aire a thoirt air cho feumail 's a tha e dèanamh cinnteach gu bheil tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne ri fhaighinn ann an dòigh a tha sùbailte agus a bheir ìre iomchaidh de roghainnean do phàrantan nuair a tha iad a' co-dhùnadh mar a nì iad feum den t-seirbheis.
11. Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 cuideachd a' toirt comas do dh'ùghdarrasan ionadail cothrom a thoirt seachad air solar a tha taobh a-muigh na còrach reachdail a tha air a mhìneachadh ann an Achd 2014. 'S e **tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne roghnach** (*discretionary*) a chanar ri seo. Tha Achd Ìrean ann an Sgoiltean na h-Alba is msaa 2000 a' toirt cumhachd do dh'ùghdarrasan foghlaim cìs a chur an sàs airson tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne roghnach.
12. Tha na prìomh eileamaidean eile a thaobh mar a dh'fheumar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a libhrigeadh air am mìneachadh ann an **Achd Ìrean ann an Sgoiltean na h-Alba is msaa**. A rèir na h-Achd seo, feumar solar tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a thoirt do chloinn ro-sgoile iomchaidh gun chìsean a bhith ann. Tha e cuideachd a' toirt comas do dh'ùghdarrasan foghlaim rèiteachaidhean a dhèanamh le daoine eile (i.e. solaraichean anns na roinnean prìobhaideach, treas roinn no ann an roinn an luchd-aireachaidh) gus an còir mhaoinichte air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a libhrigeadh no gus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne roghnach a libhrigeadh.
13. Tha pìosan reachdais eile ann a tha a' toirt buaidh air libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus air an toirear iomradh san stiùireadh. Nuair a thathar a' toirt iomradh air na diofar pìosan reachdais tron chòrr den sgrìobhainn, tha na teirmean a leanas air an cleachdadh:

- tha ‘Achd 2014’ a’ ciallachadh Achd na Cloinne is na h-Òigridh (Alba) 2014;
- tha ‘Òrdugh 2014’ a’ ciallachadh Òrdugh Solar Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne (Clann air an Sònrachadh) 2014
- tha ‘Achd 1980’ a’ ciallachadh Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980;
- tha ‘Achd 2000’ a’ ciallachadh Achd Ìrean ann an Sgoiltean na h-Alba is msaa 2000;
- tha ‘Achd 1995’ a’ ciallachadh Achd na Cloinne (Alba) 1995;
- tha ‘Achd 2004’ a’ ciallachadh Achd an Fhoghlaim (Taic a bharrachd airson Ionnsachadh) 2004; agus
- tha ‘Achd 2010’ a’ ciallachadh Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairle) (Alba) 2010.

Co-theacsa

14. Tha na bliadhnaichean as tràithe ann am beatha pàiste ro-chudromach a thaobh leasachadh agus bheir iad buaidh mhaireannach air toraidhean a thaobh slàinte, foghlaim agus cothroman obrach nuair a bhios iad nas sine. Tha e air aithneachadh gu farsaing gu bheil a’ bhith a’ toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a tha ruigsinneach do na h-uile agus de dheagh chàileachd na phàirt chudromach de bhith a’ dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.
15. San fhad-ùine, thathar an dùil gun lùghdaich an tasgadh nas motha ann an builean chloinne sna tràth-bhliadhnaichean cosg poblach air eadar-theachdan nas fhaide air adhart nam beatha, agus gum bi deagh bhuaidh aig seo air slàinte, sunnd agus tarbhachd san fad-ùine¹. Tha tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne cuideachd a’ toirt bhuanachdan eaconamach eile seachad tro bhith a’ lughdachadh chosgaisean na dachaigh agus a’ toirt cothrom nas fheàrr do phàrantan agus obair, trèanadh no cùrsaichean colaiste no oilthigh a dhèanamh, a’ cur ri prìomhachasan poileasaidh tar-riaghaltais, mar eisimpleir a’ dèiligeadh ri bochdainn chloinne, mar a chaidh a chomharrachadh ann am [Plana Libhrigeadh Bochdainn Chloinne](#) Riaghaltas na h-Alba.
16. Bho 1 Lùnastal 2021 tha còrr air 1140 uairean a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne gach bliadhna airson a h-uile pàiste aois 3 agus 4, and clann ion-roghnach aois 2 bhliadhna. ’S e tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a tha seo a tha sùbailte, ruigsinneach agus air prìs reusanta do theaghlaichean.

¹ Reynolds AJ et al: Long-term Effects of an Early Childhood Intervention on Educational Achievement and Juvenile Arrest: A 15-Year Follow-Up of Low-income Children in Public Schools. The Journal of the American Medical Association; 2001.

17. Thèid seo a leantainn le [Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste \(Funding Follows the Child\)](#)², a chaidh aontachadh le Riaghaltas na h-Alba agus COSLA, agus a tha a' dèanamh cinnteach gun tèid a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a thoirt seachad ann an deagh shuidheachaidhean. Tha an dòigh-obrach seo 'neodrach a thaobh solaraiche (*provider neutral*)' agus tha e air a dhaingneachadh le Inbhe Nàiseanta a dh'fheumas a bhith aig h-uile suidheachadh a tha airson a' chòir maoinichte a libhrigeadh.
18. Tha seo gus taic a thoirt do shiostam nas fharsainge airson a bhith a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a tha stèidhichte air modail solar le eaconamaidh measgaichte anns an roinn phoblaich, san roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne.
19. Tha taic ris an stiùireadh bhon dòigh-obrach nàiseanta *Ga fhaighinn ceart airson gach leanabh* (GIRFEC) a tha ag amas air builean nas fheàrr a libhrigeadh tro bhith a' co-òrdanachadh sheirbheisean a tha ag obair le clann is daoine òga agus leis a' Churraicealam airson Sàr-mhathais aig Ìre Thràth. Tha dòigh-obrach GIRFEC a' cur chòraichean agus sunnd chloinne is dhaoine òga aig cridhe nam poileasaidhean agus nan seirbheisean a tha a' cumail taic riutha agus ri an teaghlachan - leithid seirbheisean tràth-bhliadhnaichean, sgoiltean agus an NHS. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais a' tòiseachadh aig aois 3, far am bi a' mhòr-chuid de chloinn ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, agus leanaidh e air adhart tron eadar-ghluasad gu suidheachadh sgoile agus bliadhnaichean tràtha na bun-sgoil. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais a' cur luchd-ionnsachaidh aig cridhe foghlaim agus a' cuideachadh ar clann agus ar daoine òga gus an t-eòlas, na sgilean agus na feartan fhaighinn a tha a dhìth airson beatha san 21mh linn.
20. Tha taic a bharrachd ris an stiùireadh seo bhon taic a bharrachd airson ionnsachadh agus bho na dleastanasan eile ann an Achd 2004. Tha na h-ullachaidhean sin a' feuchainn ri dhèanamh cinnteach gum faigh clann aig a bheil cnapan-starra a thaobh ionnsachaidh, airson adhbhar sam bith, an taic a bharrachd a dh'fheumas iad gus an làn chomasan ionnsachaidh a ruighinn.
21. Tha Riaghaltas na h-Alba air aontachadh a bhith ag aithneachadh, a' cur suim ann agus a' brosnachadh chòraichean chloinne, mar a tha iad air am mìneachadh ann an [Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne](#) (UNCRC). Ghabh Pàrlamaid na h-Alba ri [Bile Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh \(Corpachadh\) \(Alba\)](#) 2021

² Tha fiosrachadh mu bhith a' cur an gnìomh Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste, agus mun Ìre Nàiseanta airson solaraichean Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, a' gabhail a-steadh Stiùireadh Obrachaidh mionaideach do dh'ùghdarrasan foghlaim gus solaraichean foghlaim ri fhaighinn air [làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba](#).

gu h-aona-ghuthach air 16 Màirt 2021³. Aon uair 's gu bheil e air a ghnìomhachadh, bidh am Bile a' toirt a-steach an UNCRC do lagh na h-Alba, cho math ris a' chiad phròtacal roghainneil air clann a' gabhail pàirt ann an cogadh agus an dàrna protocol roghainneil air reic chloinne, siùrsachd chloinne agus drabastachd chloinne.

22. Cumaidh am Bile taic ri bhith a' libhrigeadh cultar for-ghnìomhach de chunntachalachd làitheil airson còraichean chloinne thar seirbheisean poblach ann an Alba agus bidh e na ghluasad bunaiteach anns an dòigh sa bheil còraichean chloinne air am meas, air an dìon agus air an coileanadh ann an Alba.
23. Tha mòran altan taobh a-staigh an UNCRC a tha gu sònraichte buntainneach a thaobh a bhith a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, a' gabhail a-steach Alt 31 (cur-seachad, cluich agus cultar) mun chòir aig pàiste air cultar, cur-seachadan, fois agus cluich agus Altan 28 (còir air foghlam) agus 29 (amasan foghlaim). Tha barrachd sùbailteachd a thaobh mar a tha tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne air a libhrigeadh agus air a ruigsinn, a' cur ri Altan 18(1) agus (2) cuideachd (dleastanasan phàrantan agus taic stàite) leis gum faod modailean de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a tha nas fhreagarraiche do phàtran obrach theaghlaichean dèanamh cinnteach gum faigh pàrant(an) barrachd tìde còmhla ri an cuid chloinne agus barrachd chothroman a thoirt do phàrant(an) a bhith a' gluasad gu obair, na h-uairean obrach aca a leudachadh, no a bhith a' dèanamh cùrsa colaiste/oilthigh ma tha iad airson sin a dhèanamh. Faodaidh na buannachdan eaconamach nas fharsainghe a thaobh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne cur ri Alt 27 cuideachd (inbhe beatha iomchaidh) tro bhith a' lughdachadh chosgaisean dhachaighean agus a' cruthachadh chothroman do phàrantan air obair fhaighinn, no air trèanadh no air cùrsa colaiste/oilthigh a dhèanamh.
24. Mar a tha Alt 2 (a' cur an aghaidh leth-bhreith) a' cur an cèill, tha còraichean an UNCRC an sàs airson gach pàiste no duine òg, ge b' e dè an eachdraidh no inbhe a th' aca no aig am pàrantan. Is iad sin Alt 2 còmhla ri Alt 3 (Leas a' phàiste), 6 (Còir air beatha, mairsinn agus leasachadh), agus 12 (Còir air èisteachd) na ceithir altan anns an UNCRC ris an canar na "Prionnsapalan Coitcheann". Tha iad seo a' cuideachadh gus an còrr de na h-altan a mhìneachadh agus tha iad ro-chudromach ann a bhith a' coileanadh nan còraichean uile san UNCRC airson a h-uile pàiste.

³ Tha ullachadh sa Bhile a tha a' ciallachadh gun tòisich e gu fèin-obrachail 6 mìosan às dèidh Aonta Rìoghail. Tha cumhachdan ann cuideachd gus an gabh am bile a chur an gnìomh nas tràithe na 6 mìosan bho Aonta Rìoghail.

Mar a chleachdar an stiùireadh seo

25. Thèid an stiùireadh reachdail fhoillseachadh do dh'ùghdarrasan foghlaim agus feumaidh iad feart a thoirt air agus iad a' coileanadh nan dleastanasan aca a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a libhrigeadh do chloinn ion-roghnach san sgìre aca. Thathas an dùil cuideachd gum bi e feumail dhan a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith a' buileachadh agus a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, a' gabhail a-steach solaraichean anns an roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne, com-pàirtichean dealbhaidh coimhearsnachd, agus buidhnean thar gach raon a tha a' toirt taic do roinn tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.
26. Bidh ùidh aig pàrantan, coimhearsnachdan ionadail anns an stiùireadh seo, cho math ri duine sam bith eile aig a bheil ùidh anns an dòigh sam bi ùghdarrasan foghlaim a' dèanamh co-chomhairle air, agus a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Tha barrachd fiosrachaidh do phàrantan ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais ionadail aca, tro [Riaghaltas na h-Alba](#), [Foghlam Alba](#), agus [Club nam Pàrant](#).
27. Gu ìre mhòr, tha structar an stiùiridh a rèir òrdugh nan ullachaidhean fo Phàirt 6 de dh'Achd 2014.

Earrann 46: Mineachadh air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne

Tha tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne air a mhìneachadh ann an earrann 46 de dh'Achd 2014 mar 'sheirbheis, a' gabhail a-steach foghlam agus cùram, de sheòrsa a tha freagarrach mar as àbhaist airson clann a tha fo aois sgoile, agus gum feumar aire a thoirt air cho cudromach 's a tha eadar-obrachadh agus gnàth-eòlasan eile a chumas taic ri ionnsachadh is leasachadh ann an suidheachadh dàimheil, àrachail'.

28. Thug tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, mar a tha e air a mhìneachadh ann an Achd 2014, air falbh an sgaradh fuadain eadar ro-sgoil airson clann 3 agus 4 bliadhna a dh'aois (air fhaicinn mar an eileamaid foghlaim air a libhrigeadh ann am blocaichean goirid ceangailte ri àireamh shònraichte de dh'uairean ann an latha), agus cùram fad-latha (wrap-around) airson clann 3 agus 4 bliadhna (air fhaicinn mar rud nach eil cho cudromach do dh'ionnsachadh, agus mar rudeigin a thathar a' cleachdadh gus cur ris na h-uairean ro-sgoile eile). Tha e ag aithneachadh cho cudromach 's a tha cùram freagairteach, ge b' e mar a tha e air a' mhaoineachadh, gus taic a chumail ri leasachadh chloinne.
29. Tha am briathar seo a' feuchainn ri cuideam a chur air solar coileanta is cunbhalach de dh'àrach, cùram agus leasachadh sgilean, comasan agus sunnd sòisealta, faireachail, corporra agus inntinneil.
30. Bidh Cluich, mar a chaidh a chur an cèill anns an stiùireadh nàiseanta air cleachdadh '[A' Coileanadh a' Chomais](#)', fhathast na phàirt riatanach agus ro-chudromach de dh'ionnsachadh agus toileachas na cloinne. Feumaidh solaraichean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne dèanamh cinnteach gum bi cluich aig clann mar phàirt den bheatha làitheil aca, mar a tha air a chur an cèill ann an Alt 31 (Cur-seachadan, cluich agus cultar) den UNCRC.

Earrann 47: Dleastanas dèanamh cinnteach gu bheil tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne ann do chlann ion-roghnach

Tha earrann 47 de dh'Achd 2014 a' cur dleastanas reachdail air ùghdarrasan foghlaim dèanamh cinnteach gum bi an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte ri fhaighinn do chloinn ion-roghnach san sgìre aca. Tha Earrann 47 de dh'Achd 2014 agus Òrdugh 2014 a' toirt seachad mìneachadh a bharrachd air cò a' chlann a tha ion-roghnach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.

31. Fo earrann 47(1) de dh'Achd 2014, feumaidh gach ùghdarras foghlaim dèanamh cinnteach gum bi an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte reachdail ri fhaighinn do gach pàiste òg ion-roghnach a tha a' fuireach anns an sgìre aige⁴.
32. Fo earrann 35 de dh'Achd 2000, faodaidh an t-ùghdarras foghlaim rèiteachaidhean a dhèanamh le neach sam bith gus an solar maoinichte reachdail a chur air dòigh airson clann fo aois sgoile, i.e. solaraichean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne san roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne.
33. Faodaidh ùghdarrasan foghlaim obrachadh le solaraichean san roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne, gus a' chòir mhaoinichte aig pàiste air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne - a' chòir air fad no pàirt dhith - a chur air dòigh. Mar sin, faodaidh ùghdarrasan ionadail aonta earrann 35 a chur air dòigh le solaraiche den t-seòrsa sin, ge b' e an urrainn dhan t-solaraiche an làn chòir reachdail de 1140 uairean a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram chloinne a thoirt seachad gus nach urrainn.
34. Tha Earrann 47(2) de dh'Achd 2014 a' mìneachadh "pàiste ro-sgoile ion-roghnach", le bhith a' cur air adhart trì cumhaichean a dh'fheumar coileanadh, ma tha am pàiste gu bhith ion-roghnach. Feumaidh gach pàiste a' chiad dà chumha a choileanadh (Earrann 47(2)(a) agus (b)) ach tha dà dhiofar roghainn san treas cumha (Earrann 47(2)(c)), agus feumar fear dhiubh sin a choileanadh ma tha am pàiste gu bhith ion-roghnach mar a tha air a mhìneachadh gu h-ìosal.

⁴Mar as trice chan eil inbhe in-imrich no nàiseantachd pàrant no pàiste buntainneach a thaobh ion-roghnachd airson na còrach seo. Ach, dh'fhaodadh cuid de chumhachan in-imrich buaidh a thoirt air a' chòir air sochairean ion-roghnach agus bheireadh sin buaidh air ion-roghnachd do chuid de chloinn aois 2 bhliadhna. Tha cumhachd aig ùghdarrasan foghlaim tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a thoirt seachad air stèidh roghnach fhathast fo earrann 1(1C) de dh'Achd 1980.

35. Tha “pàiste ro-sgoile ion-roghnach” na phàiste a tha:

- fo aois sgoile;
- nach eil air tòiseachadh air bun-sgoil a fhrithealadh (ach a-mhàin ann an clas sgoil-àraich ann am bun-sgoil); **agus a tha an dàrna cuid:**

(i) aois 2 no nas sine agus a tha no a bha fo chùram aig àm sam bith bhon dàrna co-latha-breith aca⁵, agus aig a bheil òrdugh cùram luchd-dàimh, no aig a bheil, no aig an robh neach-glèidhidh a chaidh fhadastadh fo earrann 7 de dh’Achd 1995 (neach-glèidhidh fastaichte le pàrantan).

no

(ii) taobh a-staigh rainse aois, no a tha a rèir mìneachadh sam bith eile a bheir Ministearan na h-Alba seachad tro òrdugh. Tha seo a’ toirt cumhachd do Mhinistearan na h-Alba ion-roghnachd a shònrachadh is a leudachadh tro dhàrna reachdas, le ùmhlachd do phròiseas dhearbhadh ann am Pàrlamaid na h-Alba. Rinneadh seo tro Òrdugh 2014.

36. Mar sin, tha Òrdugh 2014, mar a chaidh atharrachadh (a rinneadh fo na cumhachdan air an deach iomradh a thoirt ann an Earrann 47(2)(c)) a’ toirt seachad barrachd mìneachaidh air cò tha na ‘p(h)àiste ro-sgoile ion-roghnach’, a’ gabhail a-steach fios air cò a’ chlann a tha ion-roghnach aig aois 2 agus na cinn-latha tòiseachaidh airson ion-roghnachd gach pàiste. Tha am measgachadh de shlatan-tomhais air am mìneachadh fo earrann 47(2)(c)(ii) de dh’Achd 2014 agus Òrdugh 2014, cuideachd a’ ciallachadh gu bheil cuid a chloinne a chuireas dàil air tòiseachadh sa bhun-sgoil fad bliadhna, ion-roghnach. Tha atharrachadh air Òrdugh 2014 a bhios an gnìomh bho 1 Lùnastal 2023, a’ ciallachadh gum bi ion-roghnachd aig gach pàiste bhon cheann-latha sin aig a bheil co-latha-breith air no eadar an latha às dèidh ceann-latha tòiseachaidh na sgoile san Lùnastal agus an latha mu dheireadh sa Ghearran a chuireas dàil air inntigeadh dhan sgoil fad bliadhna.

Tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne roghnach

37. Fo earrann 1(1C) de dh’Achd 1980, tha cumhachd aig ùghdarrasan ionadail gus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne roghnach a thoirt seachad a bharrachd air a’ chòir reachdail. Bidh cuid a dh’ùghdarrasan foghlaim a’ cleachdadh nan cumhachdan seo gus cothrom a thoirt air solar ron ‘latha tòiseachaidh’ reachdail no às dèidh ‘a’ chinn-latha crìochnachaidh’; no gus slatan-tomhais ion-roghnachd ionadail airson clann aois 2 bhliadhna a dhèanamh nas fharsainghe, a bharrachd air na slatan-tomhais ion-roghnachd reachdail. Tha eisimpleirean air mar a ghabhas an roghnachd seo a chleachdadh air am mìneachadh tron stiùireadh seo.

⁵ A rèir earrann 97(2) den Achd, tha “fo chùram” (*looked after*) air a mhineachadh a rèir earrann 17(6) de dh’Achd 1995.

Clann aois 2 bliadhna a tha ion-roghnach

Adhbhar a' phoileasaidh seo

38. Tha fianais bho mheasaidhean air prògraman tràth-bhliadhnaichean is cùram-chloinne, an dà chuid san RA agus gu h-eadar-nàiseanta⁶, a' daingneachadh gum faigh a' chlann uile, agus gu sònraichte an fheadhainn a tha fon ana-cothrom as motha buannachd a thaobh builean sòisealta, faireachail, agus foghlaim bho bhith a' frithealadh solar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne àrd-inbhe.
39. Seo an stèidh air a bheil tasgadh ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne ga dhèanamh airson clann 3 agus 4 bliadhna a dh'aois agus airson clann aois 2 bhliadhna a tha ion-roghnach. 'S e an ceangal sònraichte ri bhith a' toirt piseach air builean dhan chloinn fon ana-cothrom sòiseo-eaconamach as motha an adhbhar airson a bhith a' cuimseachadh tasgadh air ruigsinneachd thràth air deagh chùram-chloinne airson clann aois 2 bhliadhna a tha ion-roghnach.
40. Thathar a' mineachadh na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne clann aois 2 bhliadhna fo Earrann 47(3) de dh'Achd 2014 (airson clann fo chùram, clann ann an cùram luchd-dàimh, agus airson clann aig a bheil neach-glèidhidh fastaichte le pàrantan) agus ann an Òrdugh 2014 (dhaibhsan a tha a' faighinn shochair ion-roghnach).
41. A bharrachd air seo, tha suidheachaidhean ann air an urrainn Riaghaltas na h-Alba agus COSLA dòigh-obrach nàiseanta aontachadh a thaobh a bhith a' cleachdadh nan cumhachdan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne roghnach aig ùghdarrasan ionadail, gus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a bharrachd air a' chòir reachdail a thoirt do chloinn shònraichte. Chaidh am poileasaidh gus ion-roghnachd air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a shìneadh do chloinn aois 2 bhliadhna le pàrant a bha fo chùram a thoirt a-staigh tron t-slighe seo. Tha sinn air an dòigh-obrach seo a chleachdadh roimhe gus slatan-tomhais teachd-a-steach ùr a thoirt a-steach dhaibhsan a tha air sochair ion-roghnach mus deach riaghailtean aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba. Mar as trice, tha am pròiseas seo air a chleachdadh gu sealach mar as àbhaist gus an gabh reachdas atharrachadh. Tha na slatan-tomhais ion-roghnachd as ùire rim faighinn air mygov.scot agus air an Knowledge Hub agus nì Riaghaltas na h-Alba conaltradh dìreach le ùghdarrasan foghlaim agus leis an roinn san fharsaingeachd nuair a bhios atharrachadh sam bith ann a thaobh ion-roghnachd.

⁶ [Rapid evidence review: Childcare quality & children's outcomes - Publications – Slàinte Phoblach na h-Alba](#)

Clann fo chùram, cùram luchd-dàimh agus òrdughan luchd-glèidhidh

42. Fo earrann 47(3) de dh'Achd 2014, tha an Achd ag ràdh gu bheil pàiste sam bith a tha aois 2 no nas sine agus a tha no a bha fo chùram aig àm sam bith bhon dàrna co-latha-breith aca⁷, agus aig a bheil òrdugh cùram luchd-dàimh, no aig a bheil, no aig an robh neach-glèidhidh a chaidh fhadastadh fo earrann 7 de dh'Achd 1995 (neach-glèidhidh fastaichte le pàrantan), na phàiste a tha ion-roghnach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte. Mar sin, bidh iad fhathast ion-roghnach air a' chòir air fad air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte, ma tha iad fo chùram fhathast gus nach eil. Tha mion-fhiosrachadh a bharrachd air clann aois 2 bhliadhna a dh'aois a tha fo chùram, a' gabhail a-steach ullachaidhean airson a bhith a' coileanadh nam feumalachdan sunnd aca, air a mhìneachadh san sgrìobhainn seo anns an stiùireadh air earrann 49 de dh'Achd 2014.
43. Fo earrann 47(4) de dh'Achd 2014, faodaidh Ministearan na h-Alba sònrachadh nach a' chlann a tha air an comharrachadh ion-roghnach fo earrann 47(3) de dh'Achd 2014 (an fheadhainn a bha ion-roghnach mar chlann aois 2 bhliadhna far an robhar a' coimhead às an dèidh, fo òrdugh cùram luchd-dàimh, no le neach-glèidhidh a chaidh fhadastadh le pàrant), ion-roghnach tuilleadh air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte aon uair 's gun ruig iad aois tòiseachaidh na sgoile. Tha Òrdugh 2014⁸ a' cur an aon ullachadh air dòigh airson a bhith a' cur stad air a' chloinn sin bho bhith a' faighinn tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte 's a tha ann airson a h-uile pàiste eile.

Clann aois dà bhliadhna le pàrant a bha fo chùram

44. Bho thoiseach an Lùnastail 2021, thèid an gealltanais ann am [Prògraman airson Riaghladh 2019](#) gus ion-roghnachd air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a shìneadh do chloinn aois 2 bhliadhna aig a bheil pàrant a bha fo chùram a chur an gnìomh. Gus an tèid reachdas a chur an gnìomh, bu chòir ùghdarrasan foghlaim na cumhachdan roghnach aca fo earrann 1(1C) de dh'Achd 1980 a chleachdadh gus àiteachan a thoirt do chloinn aois 2 bhliadhna aig a bheil pàrant a bha fo chùram. Bidh sinn a' brosnachadh a bhith a' cleachdadh mìneachadh farsaing de 'eòlas air a bhith fo chùram', a rèir nan toraidhean aig an Lèirmheas Neo-eisimeileach air Cùram, a chaidh fhoillseachadh anns [The Promise](#); cho math ri dòigh-obrach phragmatach agus mhothachail a bhith ann gus co-dhùnadh cò tha ion-roghnach.

⁷ A rèir earrann 97(2) den Achd, tha "fo chùram" (*looked after*) air a mhìneachadh a rèir earrainn 17(6) de dh'Achd 1995.

⁸ Alt 3 de dh'Òrdugh Solar Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne (Clann air an Sònrachadh) (Alba) 2014. Mar a chaidh a mhìneachadh ann am paragraf 36, thèid atharrachadh ri Òrdugh 2014 a chur an gnìomh bho 1 Lùnastal 2023 - cuiridh seo às do dh'Alt 3.

Pàrantan a tha a' faighinn shochairan ion-roghnach

45. Fo Òrdugh 2014, tha clann aois 2 bhliadhna bho dhachaighean far a bheil pàrant a' faighinn shochairan sònraichte ion-roghnach bhon chiad teirm às dèidh an dàrna co-latha-breith aca; no, air a' chiad teirm às dèidh dhan phàrant tòiseachadh air na sochairan sin fhaighinn.
46. Faodaidh ùghdarrasan foghlaim na cumhachdan roghnach aca a chleachdadh fo earrann 1(1C) de dh'Achd 1980 gus cothrom nas tràithe air tràth-ionnsachadh is cothrom chloinne a thoirt seachad dhan chloinn ion-roghnach seo, mar eisimpleir, gus cothrom a thoirt dhan chloinn seo, mar eisimpleir bhon 2^{na} co-latha-breith aca.
47. Bidh a h-uile pàiste aois 2 bhliadhna a tha air comharrachadh ion-roghnach fhathast ion-roghnach agus còir aca air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte gu ceann-latha crìochnachaidh a' phàiste a thaobh tòiseachadh san sgoil, ge b' e a bheil:
- a) suidheachadh pàrant air atharrachadh bhon t-slatan-tomhais ion-roghnachd tòiseachail;
 - b) am pàrant san dachaigh aca fhathast air na sochairan seo gus nach eil;
48. Dh'fhaodte gun tèid atharrachaidhean a bharrachd a dhèanamh air Òrdugh 2014 (a' gabhail a-steach slatan-tomhais teachd-a-steach airson shochairan sònraichte, a dh'fhaodadh atharrachadh gach bliadhna). Gheibhear liosta de na slatan-tomhais làithreach airson ion-roghnachd air [làrach-lìn mygov](#).

A' cleachdadh cumhachd roghnach airson clann aois 2 bhliadhna

49. 'S e aon eisimpleir de mar a bhios ùghdarrasan foghlaim a' cleachdadh an cumhachdan roghnach fo earrann 1(1C) de dh'Achd 1980, gun do leudaich iad slatan-tomhais ion-roghnachd airson clann aois 2 bhliadhna nach biodh ion-roghnach mur a b' e seo agus a tha gun dachaigh; no do phàistean aois 2 bhliadhna a dh'aois le màthraichean a bha nam pàirt de [Phrògram Com-pàirteachais Nurs Teaghlaich](#).
50. Tha grunn shochairan rim faighinn a-nis do theaghlaichean ann an Alba aig a bheil tomhas de thar-laighe le slatan-tomhais ion-roghnachd airson na còrach airson clann 2 bhliadhna a dh'aois. Mar eisimpleir, tha slatan-tomhais ion-roghnachd airson [Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr](#) air a bhith stèidhichte air ion-roghnachd air a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne do chloinn aois 2 bhliadhna agus mar sin faodaidh ùghdarrasan foghlaim na cumhachdan roghnach aca a chleachdadh gus gabhail ris an t-sochair seo mar adhbhar ion-roghnachd. Tha slatan-tomhais ion-roghnachd nas fharsainge aig [sochairan eile](#), leithid an Tabhartas Toiseach as Fheàrr, Pàigheadh Clann na h-Alba na th' aig a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Dh'fhaodte gun co-dhùn

ùghdarrasan foghlaim gu bheil iad airson an cumhachdan roghnach a chleachdadh gus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a bharrachd a thoirt seachad do chloinn ann an teaghlaichean a tha a' faighinn nan sochairean sin, mus bi iad ion-roghnaich air a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte, no dh'fhaodte gun roghnaich iad slatan-tomhais teachd a-steach a bhith ann a tha coltach ris an fheadhainn dhaibhsan a tha a' faighinn Creideas Coitcheann no Creideas Cise Obrach.

51. Tha fiosrachadh air a bhith ann an conaltraidhean aig Riaghaltas na h-Alba airson sochairean Toiseach as Fheàrr mun chòir aig clann aois 2 bhliadhna air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, gus mothachadh a thogail mun tairgse. Dh'fhaodte gum bi ùghdarrasan foghlaim airson nan ceanglaichean seo a dhèanamh sna conaltraidhean ionadail aca cuideachd.

A' brosnachadh na còrach

52. Seach nach eil e riatanach gabhail ris a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte, agus gu bheil e an urra ri pàrantan àite a ghabhail airson am pàiste, tha àite ro-chudromach aig ùghdarrasan foghlaim agus aig a h-uile buidheann agus seirbheis a tha ag obair còmhla ri teaghlaichean ann a bhith a' comharrachadh theaghlaichean ion-roghnach agus a' togail dhàimhean gus fois-intinn a thoirt do theaghlaichean agus gus na buannachdan do chloinn is teaghlaichean a bhrosnachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith tro:

- a bhith co-obrachadh le seirbheisean ionadail aig a bheil deagh cheangal ri teaghlaichean ionadail, mar eisimpleir a bhith a' brosnachadh na còrach tro luchd-obrach slàinte is cùram sòisealta, agus seirbheisean san treas roinn.
- A' dèanamh cheanglaichean le roinnean eile san ùghdarras ionadail m.e. taigheadas agus cìs na comhairle gus aire a thogail taobh a-staigh na buidhne.
- A' dèanamh cinnteach gun tèid fios a chumail ri solaraichean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne ionadail mu na pròiseasan airson a bhith a' cur a-steach airson àiteachan.
- A' toirt taic do theaghlaichean agus do luchd-obrach le pròiseasan iarrtais, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil pròiseasan rianachd cho sìmplidh is cho èifeachdach 's a ghabhas.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil an tairgse ionadail a rèir feumalachdan theaghlaichean ionadail le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil teaghlaichean ion-roghnach air an riochdachadh ann an co-chomhairlean ionadail air solar.
- A' beachdachadh air mar a ghabhas cùram-chloinne do chlann aois 2 bhliadhna a shanasachd còmhla ri còraichean nàiseanta eile, m.e. Tabhartas Toiseach as Fheàrr agus Biadh Toiseach as Fheàrr.

Cinn-latha tòiseachaidh is crìochnachaidh airson ion-roghnachd

53. Tha earrann 47(2)(c)(ii) agus (4) de dh'Achd 2014 Act a' toirt cumhachd do Mhinistearan na h-Alba ion-roghnachd a shònrachadh is a leudachadh tro reachdas dàrnach, le ùmhlachd do phròiseas dearbhach ann am Pàrlamaid na h-Alba. Còmhla ris an tuairisgeul air 'pàiste ro-sgoile ion-roghnach' ann an Earrannan 47(2)(a) agus (b), agus Earrann 47(3) de dh'Achd 2014, tha Òrdugh 2014 a' toirt seachad soillearachadh a bharrachd air cuine a bhios an ion-roghnachd air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a' tòiseachadh agus a' tighinn gu crìch.

54. Tha cinn-latha tòiseachaidh agus crìochnachaidh airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte an crochadh air latha-breith a' phàiste, cinn-latha na teirmichean sgoile ionadail, agus, far a bheil e iomchaidh, a bheil am pàrant air co-dhùnadh dàil a chur air inntreigeadh a' phàiste dhan sgoil fad bliadhna.

Cinn-latha tòiseachaidh

55. A thaobh cinn-latha tòiseachaidh fo Òrdugh 2014, tha clann aois 2 bliadhna a tha ion-roghnach agus a h-uile pàiste a tha 3 bliadhna a dh'aois ion-roghnach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne bho thoiseach a' chiad teirm às dèidh 2^{na} no 3^s co-latha-breith a' phàiste mar a tha air a mhìneachadh sa chlàr a leanas:

Nuair a tha co-latha-breith pàiste air no eadar na cinn-latha a leanas:	Fàsaidh am pàiste ion-roghnach anns na teirmean a tha air am mìneachadh gu h-ìseal:
1 Màrt – 31 Lùnastal	An Lùnastal (teirm an foghair) air a' bhliadhna sin
1 Sultain – 31 Dùbhlachd	Am Faoilleach (teirm an earraich) às dèidh an co-latha-breith
1 Faoilleach – an latha mu dheireadh den Ghearran	Am Màrt/An Giblean (teirm an t-samhraidh) às dèidh an co-latha-breith

56. Bidh cuid de dh'ùghdarrasan foghlaim a' cleachdadh nan cumhachdan roghnach aca ro earrann 1(1C) de dh'Achd 1980, gus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a thoirt seachad do chloinn aois 2 is 3 bliadhna ro na làithean tòiseachaidh reachdail. Mar eisimpleir, bhon 2^{na} no 3^s co-latha-breith aca, bhon mhìos às dèidh an 2^{na} no 3^s co-latha-breith, no do chuid a chloinn mus bi iad 2 no 3 bliadhna a dh'aois. Thathar a' brosnachadh ullachaidhean gus tòiseachadh nas fhaig air co-latha-breith a' phàiste.

Cinn-latha crìochnachaidh

57. A thaobh cinn-latha crìochnachaidh airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus mar a chaidh mìneachadh ann am paragraf 35 de dh'Achd 2014, tha “pàiste ro-sgoile ion-roghnach” air a mhìneachadh mar phàiste”:

- a tha fo aois sgoile;
- nach eil air tòiseachadh air bun-sgoil a fhrithealadh (ach a-mhàin ann an clas sgoil àraich ann am bun-sgoil); **agus a tha an dàrna cuid:**

(i) aois 2 no nas sine agus a tha no a bha fo chùram aig àm sam bith bhon dàrna co-latha-breith aca⁹, agus aig a bheil òrdugh cùram luchd-dàimh, no aig a bheil, no aig an robh neach-glèidhidh a chaidh fhastadh fo earrann 7 de dh'Achd 1995 (neach-glèidhidh fastaichte le pàrantan).

no (ii) taobh a-staigh rainse aois, no a tha a rèir mìneachadh sam bith eile a bheir Ministearan na h-Alba seachad tro òrdugh. Tha seo a' toirt cumhachd do Mhinistearan na h-Alba ion-roghnachd a shònrachadh is a leudachadh tro reachdas dàrnach, le ùmhlachd do phròiseas dhearbhadh ann am Pàrlamaid na h-Alba. Rinneadh seo tro Òrdugh 2014.

58. Tha Òrdugh 2014 a' mìneachadh cuine a thig ion-roghnachd airson cuid a chloinne gu crìch. A rèir Òrdugh 2014, chan eil clann aig am bi an 5mh co-latha-breith san àm a' tòiseachadh 1 Lùnastal agus a' crìochnachadh air 31 Dùbhlachd ion-roghnach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte tuilleadh. Chaidh atharrachadh a dhèanamh gus am mìneachadh a bharrachd seo a thoirt às¹⁰, ach cha tèid seo a ghnìomhachadh gu 1 Lùnastal 2023.

59. Mar sin, tha cinn-latha crìochnachaidh gu 31 Iuchar 2023 agus na cinn-latha a bhios an sàs bho 1 Lùnastal air am mìneachadh fa leth gu h-ìosal.

⁹ A rèir earrann 97(2) den Achd, tha “fo cùram” (*looked after*) air a mhìneachadh a rèir earrann 17(6) de dh'Achd 1995.

¹⁰ [Òrdugh Atharrachaidh Solar Tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne \(Clann air an Sònrachadh\) \(Alba\) 2021.](#)

60. Tha cinn-latha crìochnachaidh **gu 31 Iuchar 2023** (mar a chaidh a mhìneachadh fo earrann 47(2) (a) agus (b) de dh'Àchd 2014 agus de dh'Òrdugh 2014 agus le ùmhlachd do na h-eisgeachdan a chaidh a mhìneachadh ann am paragraf 77 agus 78), air am mìneachadh mar a leanas:

Nuair a tha co-latha-breith pàiste air no eadar na cinn-latha a leanas:	A' crìochnachadh tràth-ionnsachadh maoinichte agus cùram-chloinne agus a' tòiseachadh san sgoil:	Ion-roghnachd airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte nuair a thathar a' cur dail air inntreigeadh dhan sgoil:
1 Màrt – latha tòiseachaidh na sgoile ¹¹ san Lùnastal	Thig a' chòir aig clann air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte gu crìch bhon Lùnastal (teirm an fhoghair) às dèidh a' 5mh co-latha-breith aca, agus tòisichidh iad san sgoil an uair sin.	A chionn 's gum bi a' chlann seo aois 5 air latha tòiseachaidh na sgoile, chan urrainn pàrantan dàil a chur air inntreigeadh dhan sgoil ¹² .
Às dèidh latha tòiseachaidh na sgoile anns an Lùnastal - 31 Dùbhlachd	Thig còir a' pàiste air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte gu crìch bhon Lùnastal (teirm an fhoghair) anns a' bhliadhna a bhios iad 5 bliadhna a dh'aois. Aig an àm sin, faodaidh iad tòiseachadh san sgoil no faodaidh pàrantan dàil a chur air inntreigeadh am pàiste dhan sgoil gus an Lùnastal (teirm an fhoghair) den ath bhliadhna.	Tha a' chòir aig clann air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte air tighinn gu crìch, ach faodaidh pàrantan iarraidh gun toir an t-ùghdarras foghlaim bliadhna a bharrachd de thràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte seachad a' cleachdadh a' chumhachd roghnach aca fo earrann 1(1C) de dh'Àchd 1980.
1 Faoilleach – an latha mu dheireadh den Ghearran	Thig a' chòir aig clann air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne gu crìch bhon Lùnastal (teirm an fhoghair) às dèidh a' 5mh co-latha-breith aca. Faodaidh clann tòiseachadh san sgoil san Lùnastal (teirm an fhoghair) mus bi iad 5, no faodaidh pàrantan dàil a chur air tòiseachadh san sgoil gus an Lùnastal (teirm an fhoghair) às dèidh dhaibh aois 5 a ruigsinn.	Leanaidh a' chòir aig clann air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte gus an Lùnastal sa bhliadhna nuair a bhios iad 5 bliadhna a dh'aois is mar sin, bidh iad fhathast ion-roghnach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte ma chuireas iad dàil air tòiseachadh san sgoil.

¹¹ Bidh gach ùghdarras foghlaim a' suidheachadh latha no cinn-latha airson tòiseachadh sa bhun-sgoil san sgìre aca. Canar "latha tòiseachaidh na sgoile" ri seo.

¹² Ann an suidheachadh fìor neo-àbhaisteach, dh'fhaodte gum bi ùghdarras foghlaim den bheachd gum biodh bliadhna a bharrachd ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne na b' iomchaidh na am pàiste a bhith a' dol gu foghlam na bun-sgoile. Tha fiosrachadh a bharrachd ann am paragrafan 77 agus 78.

61. Tha cinn-latha crìochnachaidh **bho 1 Lùnastal 2023** (mar a chaidh a mhìneachadh fo earrann 47(2)(a) agus (b) de dh’Achd 2014 agus le ùmhlachd do na h-eisgeachdan a chaidh a mhìneachadh ann am paragraf 77 agus 78), air am mìneachadh mar a leanas:

Nuair a tha co-latha-breith pàiste air no eadar na cinn-latha a leanas:	A’ crìochnachadh tràth-ionnsachadh maoinichte agus cùram-chloinne agus a’ tòiseachadh san sgoil:	Ion-roghnachd airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte nuair a thathar a’ cur dail air inntreigeadh dhan sgoil:
1 Màrt – latha tòiseachaidh na sgoile ¹³ san Lùnastal	Thig a’ chòir aig clann air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte gu crìch bhon Lùnastal (teirm an fhoghair) às dèidh a’ 5mh co-latha-breith aca, agus tòisichidh iad san sgoil an uair sin.	A chionn ’s gum bi a’ chlann seo aois 5 air latha tòiseachaidh na sgoile, chan urrainn pàrantan dàil a chur air inntreigeadh dhan sgoil ¹⁴ .
Às dèidh latha tòiseachaidh na sgoile anns an Lùnastal - an latha mu dheireadh den Ghearran	Thig a’ chòir aig clann air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne gu crìch bhon Lùnastal (teirm an fhoghair) às dèidh a’ 5mh co-latha-breith aca. Faodaidh clann tòiseachadh san sgoil san Lùnastal (teirm an fhoghair) mus bi iad 5, no faodaidh pàrantan dàil a chur air tòiseachadh san sgoil gus an Lùnastal (teirm an fhoghair) às dèidh dhaibh aois 5 a ruigsinn.	Leanaidh a’ chòir aig clann air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte gus an Lùnastal sa bhliadhna nuair a bhios iad 5 bliadhna a dh’aois is mar sin, bidh iad fhathast ion-roghnach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte ma chuireas iad dàil air tòiseachadh san sgoil.

62. Tha cumhachdan fo earrann 1(1C) de dh’Achd 1980 a’ toirt comas do dh’ùghdarrasan foghlaim tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne roghnach a thoirt seachad às dèidh ‘ceann-latha crìochnachaidh’ a’ phàiste. Leigidh seo le ùghdarrasan foghlaim na leanas a dhèanamh:

- a) Gu 1 Lùnastal 2023, a bhith a’ toirt bliadhna a bharrachd de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte do chloinn a rugadh às dèidh toiseach teirm an fhoghair, san Lùnastal, agus ro 1 Faoilleach ma tha am pàrant air roghnachadh dàil a chur air am pàiste a bhith a’ dol dhan bhun-sgoil airson bliadhna.
- b) Ann an suidheachaidhean air leth, bliadhna a bharrachd de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a thoirt do chloinn le co-

¹³ Bidh gach ùghdarras foghlaim a’ suidheachadh latha no cinn-latha airson tòiseachadh sa bhun-sgoil san sgìre aca. Canar “latha tòiseachaidh na sgoile” ri seo.

¹⁴ Ann an suidheachadh fìor neo-àbhaisteach, dh’fhaodte gum bi ùghdarras foghlaim den bheachd gum biodh bliadhna a bharrachd ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne na b’ iomchaidh na am pàiste a bhith a’ dol gu foghlaim na bun-sgoile. Tha fiosrachadh a bharrachd ann am paragrafan 77 agus 78.

latha-breith air no eadar 1 Màrt agus ceann-latha tòiseachaidh na sgoile, far a bheil an t-ùghdarras foghlaim den bheachd gum biodh bliadhna eile ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne na bu fhreagarraiche na bhith a' toirt foghlam dhan phàiste sa bhun-sgoil. Tha fiosrachadh a bharrachd ann am paragrafan 77 agus 78.

Inntrigeadh dàilichte dhan sgoil agus ion-roghnachd

63. Tha a' bhliadhna sgoile a' tòiseachadh san Lùnastal, le bliadhna sgoile sam bith mar as trice a' gabhail a-steach clann a rugadh eadar toiseach a' Mhàirt ann an aon bhliadhna agus deireadh a' Ghearrain an ath bhliadhna. Tha aois na sgoile air a mìneachadh ann an earrannan 31 agus 32 de dh'Achd 1980¹⁵. Faodaidh pàrantan aig clann a tha fhathast 4 bliadhna a dh'aois air an latha as urrainn dhaibh tòiseachadh san sgoil (i.e. clann le co-latha-breith air no às dèidh latha tòiseachaidh na sgoile anns an Lùnastal - an latha mu dheireadh den Ghearran) dàil a chur air am pàiste bho bhith a' tòiseachadh san sgoil fad bliadhna.

64. A thaobh ion-roghnachd airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte nuair a chuireas clann dàil air a bhith a' dol a-staigh gu clas 1 sa bhun-sgoil fad bliadhna, thathar air atharrachadh a dhèanamh ri Òrdugh 2014 gus dèanamh cinnteach, bho 1 Lùnastal 2023, gum bi gach pàiste a chuireas dàil air a bhith a' dol dhan sgoil ion-roghnach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte gu fèin-obrachail air a' bhliadhna sin. Gus a sin, tha ion-roghnachd a' crochadh air latha-breith a' phàiste. Mar sin, tha gearr-chunntasan fa leth ann gu h-ìosal airson ion-roghnachd do thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte gu 31 Iuchar 2023 agus bho 1 Lùnastal 2023.

Inntrigeadh dàilichte dhan sgoil agus ion-roghnachd gu 31 Iuchar 2023

65. Nuair a tha pàrant air co-dhùnadh dàil a chur air am pàiste bho bhith a' tòiseachadh sa bhun-sgoil fad bliadhna, tha còir a' phàiste air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a rèir an latha-breith. Ma thèid inntrigeadh pàiste dhan sgoil a chur dheth fad bliadhna:

- a) gheibh iad bliadhna a bharrachd de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte gu fèin-obrachail ma tha an còigeamh co-latha-breith aca san Fhaoilleach no sa Ghearran; no
- b) faodaidh pàrantan iarrtas a chur chun an ùghdarras ionadail gus bliadhna a bharrachd de thràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte iarraidh

¹⁵ Tha earrannan 31 agus 32 de dh'Achd 1980 a' cur an cèill gu bheil pàiste aig aois na sgoile nuair a ruigeas iad aois 5 air latha tòiseachaidh na sgoile a chaidh a shuidheachadh leis an ùghdarras foghlaim (latha san Lùnastal). Far nach eil am pàiste air aois 5 a ruigsinn air a' cheann-latha sin, thathar a' meas nach do ràinig am pàiste aois reachdail na sgoile gus an latha tòiseachaidh sgoile às dèidh 5mh co-latha-breith a' phàiste. Far nach eil pàiste 5 bliadhna a dh'aois fhathast air latha tòiseachaidh na sgoile ach ma tha iad gu bhith 5 bliadhna a dh'aois ron 'latha ionchaidh mu dheireadh' air a shuidheachadh leis an ùghdarras foghlaim (mar as trice ceann-latha aig deireadh a' Ghearrain), is urrainn dhan ùghdarras a' chlann a thoirt a-staigh dhan sgoil san Lùnastal ro 5mh co-latha-breith a' phàiste.

ma tha 5mh co-latha-breith am pàiste às dèidh toiseach teirm an fhoghair, san Lùnastal, agus ro 1 Fhaoilleach. Co-dhùnaidh an t-ùghdarras foghlam a bheil am pàiste ion-roghnach airson bliadhna a bharrachd de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.

66. Faodaidh pàrantan aig clann a tha fhathast 4 bliadhna a dh'aois air an latha nuair a tha iad ceadaichte a dhol dhan sgoil dàil a chur air a' phàiste aca a bhith a' dol dhan sgoil ge b' e a bheil iad ion-roghnach air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne gus nach eil.
67. Bidh na dòighean-obrach, stiùiridhean is poileasaidhean aca fhèin aig ùghdarrasan foghlaim mu bhith a' cleachdadh a' chumhachd roghnaich aca fo earrann 1(1C) de dh'Achd 1980 gus bliadhna a bharrachd de thràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte a thoirt seachad airson clann a rugadh eadar an Lùnastal agus an Dùbhlachd a chuir dàil air a bhith a' dol dhan sgoil¹⁶. Bu chòir na co-dhùnaidhean sin a bhith stèidhichte air measadh air sunnd, a bhith a' cur na cloinne sa mheadhan, agus obair com-pàirteachais le teaghlaichean.
68. Gus co-dhùnaidhean a dhèanamh gu math agus gu follaiseach, feumar measadh coileanta a dhèanamh air na 8 comharran sunnd (sàbhailte, fallain, a' coileanadh, gan àrach, gnìomhach, spèis, ciallach, agus air an gabhail a-steach). Tha [Modail Cleachdaidh Nàiseanta GIRFEC](#) (a' gabhail a-steach [My World Triangle and the Resilience Matrix](#)) na dhòigh chunbhalach do dh'ùghdarrasan foghlaim feumalachdan an leanair a mheasadh, a thuigsinn agus a mhìneachadh, ann an com-pàirteachas leis an teaghlach aca agus le comhairle bho phroifeiseantaich bhuntainneach; agus gus toraidhean a mheasadh sin a chlàradh. Uaireannan, thèid Plana Pàiste a chruthachadh mar thoradh air a' mheasadh agus anailis seo.
69. Bu chòir na co-dhùnaidhean aig ùghdarrasan foghlaim mu bhith a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte roghnach a bhith air an cumail air leth bhon bheachdachadh aca mu na feumalachdan taic a bharrachd aig a' chloinn agus mun taic a dh'fhaodadh a bhith a dhìth orra gus làn bhuannachd fhaighinn bho an cuid foghlaim. Thèid taic a chumail ri clann le feumalachdan taic a bharrachd (mar a chaidh a mhìneachadh le Achd 2004) tro ullachaidhean Achd 2004, a' gabhail a-steach an fheadhainn le feumalachdan taic a bharrachd mar thoradh air ciorram taobh a-staigh na cèill ann an Achd na Co-ionannachd 2010). San fharsaingeachd, tha Achd 2004 a' cur dhleasan airson ùghdarrasan foghlaim gus na feumalachdan taic a bharrachd aig clann is òigridh ris a bheil iad an urra a chomharrachadh, a choileanadh agus ath-

¹⁶Airson clann aig a bheil co-latha-breith air 1 Màrt no eadar sin agus latha tòiseachaidh na sgoile, dh'fhaodadh gum bi suidheachaidhean air leth ann, nuair a bhios ùghdarras foghlaim den bheachd gum biodh bliadhna a bharrachd ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne na b' iomchaidh na bhith a' toirt foghlam dhan pàiste sa bhun-sgoil. Anns an suidheachadh mar seo, is urrainn dhan ùghdarras foghlaim na cumhachdan aca fo earrann 1(1C) de dh'Achd 1980 a chleachdadh, gus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne roghnach maoinichte a thoirt seachad. Tha fiosrachadh a bharrachd ann am paragrafan 77 agus 78.

sgrùdadh. Gheibhear fiosrachadh san sgrìobhainn seo san stiùireadh air feumalachdan taic a bharrachd.

70. Bu chòir Ùghdarrasan Foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean is dòighean-obrach ruigsinneach dhan a h-uile pàrant, agus gu bheil iad furasta a thuigsinn gus am bi fios aig pàrantan mar a dh'iarraas iad air an ùghdarras foghlaim aca tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne roghnach maoinichte a thoirt do am pàiste a' cleachdadh nan cumhachdan aca fo earrann 1(1C) de dh'Achd 1980. Is dòcha gum bi ùghdarrasan foghlaim cuideachd airson beachdachadh air mar a bhios iad a' gabhail a-steach pàrantan bho thoiseach nam prìomh phròiseasan co-dhùnaidh, a' dèanamh cinnteach nuair a thig iad gu co-dhùnadh deireannach gun tèid mìneachadh soilleir a thoirt do phàrantan air ciamar agus carson a chaidh an co-dhùnadh a dhèanamh. Tha Achd Sgoiltean na h-Alba (Com-pàirteachadh Phàrantan) 2006 (Achd 2006) a' cur dhleastanasan air ùghdarrasan foghlaim agus sgoiltean gus pàrantan a thoirt a-steach do fhoghlam an leanabha aca, agus tha seo a' gabhail a-steach clann a tha a' frithealadh chlasaichean sgoil-àraich ann an sgoil phoblach. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air na dleastanasan seo ann an [Stiùireadh Reachdail Achd 2006](#).
71. Tha deagh chonaltradh aig cridhe a bhith a' togail dhàimhean làidir le pàrantan. Tha e cuideachd air aon de na prìomh amasan ann am Plana Gníomh ['Learning Together'](#) aig Riaghaltas na h-Alba, co-phlana trì bliadhna eadar Riaghaltas na h-Alba agus COSLA. Is e prìomh fhòcas a' phlana dèanamh cinnteach gum faigh pàrantan an taic agus fiosrachadh a tha a dhìth orra ann an fòrmatan iomchaidh agus aig an àm cheart gus taic a chumail ri ionnsachadh an cuid chloinne agus gus làn thaic agus com-pàirteachadh a bhith aca ann.
72. Bu chòir ùghdarrasan foghlaim beachdachadh air mar a nì iad cinnteach gu bheil fios aig pàrantan mun phròiseas gus dàil a chur air a' chlann a' tòiseachadh san sgoil, an taic a gheibh clann nuair a tha iad a' gluasad dhan sgoil, agus pròiseas gearain no pròiseas ath-thagraidh sam bith. Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim grunn dhòighean a chleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh leantainneach aca le pàrantan, ag aithneachadh gur dòcha nach bi an aon dòigh-obrach freagarrach dhan a h-uile pàrant agus a' freagairt bheachdan a gheibhear air ais. Tha pàrantan gu tric gu math trang agus bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim a bhith mothachail air seo le bhith a' toirt seachad fiosrachadh ann an deagh àm, air thoiseach air na cinn-latha cudromach, gus leigeil le pàrantan freagairt gu h-èifeachdach. Tha tìmeachadh a' chonaltraidh, gu sònraichte a thaobh co-dhùnaidhean air pàistean fa leth, cuideachd ro-chudromach ann a bhith a' toirt cothrom do phàrantan is suidheachaidhean a bhith a' planadh eadar-ghluasadan no a bhith a' dèanamh ullachaidhean eile.
73. Bu chòir ùghdarrasan foghlaim a bhith mothachail gur dòcha gum bi ceistean is draghan sònraichte aig pàrantan le clann aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd mu eadar-ghluasad am pàiste dhan sgoil. Tha planadh tràth no

planadh ann an deagh àm a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil leantainneachd ann sa ghluasad dhan sgoil, a rèir ullachaidhean Achd 2004.

74. Nuair a ghluaiseas clann bho thràth-ionnsachadh is cùram-chloinne, tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais a' toirt dhuinn frèam-obrach gus dèanamh cinnteach gun tèid taic a chumail ri clann ann an dòigh iomchaidh. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais a' tòiseachadh aig aois 3, far am bi a' mhòr-chuid de chloinn ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, agus leanaidh e air adhart tron eadar-ghluasad gu suidheachadh sgoile agus bliadhnaichean tràtha na bun-sgoile.
75. Tha còir aig a h-uile pàiste is neach òg air curraicealam a bhios coileanta dhaibh, le adhartas rèidh agus aig astar iomchaidh tro na gnàth-eòlasan agus na builean, gu sònraichte nuair a ghluaiseas iad eadar diofar shuidheachaidhean, mar eisimpleir bho thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne dhan bhun-sgoil. Tha dleastanas aig an fheadhainn a tha a' planadh a' churraicealaim ann an com-pàirteachas le daoine eile a tha an sàs ann an ionnsachadh, a bhith a' planadh mar a chuireas iad gluasad furasta air dòigh eadar diofar shuidheachaidhean, a' togail air ionnsachadh agus coileanadh a rinneadh roimhe ann an dòigh a bhios iomchaidh a thaobh feumalachdan a' phàiste fa leth. Tha stiùireadh mu bhith a' cumail taic ri eadar-ghluasadan ri fhaighinn san [Stiùireadh nàiseanta airson cleachdadh sna tràth-bhliadhnaichean: A' Coileanadh a' Chomais](#), a tha a' togail air an fhrèam-obrach nàiseanta làithreach: An Curraicealam airson Sàr-mhathais.

Inntrigeadh dàilichte dhan sgoil agus ion-roghnachd bho 1 Lùnastal 2023

76. Bho 1 Lùnastal 2023, ma chuireas pàrant aig pàiste a tha fhathast 4 bliadhna a dh'aois air an latha air am faod iad tòiseachadh san sgoil (i.e. clann le co-latha-breith air no eadar an latha às dèidh ceann-latha tòiseachaidh na sgoile san Lùnastal - an latha mu dheireadh den Ghearran) dàil air a bhith a' tòiseachadh san sgoil airson bliadhna, gheibh iad cothrom air bliadhna a bharrachd de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte gu fèin-obrachail.

Inntrigeadh dàilichte dhan sgoil agus ion-roghnachd do chloinn a tha air aois na sgoile a ruigsinn

77. Chan fhaod na pàrantan aig pàiste a rugadh air 1 Màrt, no eadar an latha sin agus latha tòiseachaidh na sgoile dàil bliadhna a chur air a' phàiste aca bho bhith a' tòiseachadh sa bhun-sgoil¹⁷, oir tha am pàiste air aois na sgoile a ruigsinn. Ach, dh'fhaodte gum bi an suidheachadh fìor neo-àbhaisteach, ann far am bi an t-ùghdarras foghlaim den bheachd gum biodh bliadhna a bharrachd ann an tràth-

¹⁷ Faodaidh pàrantan aig clann aois sgoile roghnachadh gun an cur dhan sgoil, ach seo dìreach ma tha iad an dùil foghlam dhachaigh a thoirt dhan phàiste. Tha Earrann 30(1) de dh'Achd 1980 a' mìneachadh gu bheil e an urra ri pàrant gach pàiste aig aois na sgoile foghlam iomchaidh a thoirt do an cuid chloinne an dàrna cuid tro bhith gan cur gu sgoil phoblach no air dòigh eile. Ged a bhios a' mhòr-chuid de phàrantan a' coileanadh an dleastanas aca a bhith a' cur an cuid chloinne dhan sgoil, cuiridh cuid romhpa foghlam stèidhichte san taigh a thoirt seachad.

ionnsachadh agus cùram-chloinne na b' iomchaidh na am pàiste a bhith a' dol gu foghlam na bun-sgoile.

78. Ann an suidheachaidhean mar seo, is urrainn dhan ùghdarras foghlaim na cumhachdan aca fo earrann 1(1C) de dh'Achd 1980 a chleachdadh, gus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne roghnach maoinichte a thoirt seachad¹⁸. Ach, tha sinn an dùil nach rachadh seo a dhèanamh ach a-mhàin ann an suidheachaidhean fìor neo-àbhaisteach, agus feumaidh na co-dhùnaidhean sin feart a thoirt air miannan a' phàrant¹⁹.

¹⁸ Fo Earrann 1(1C) de dh'Achd 1980, tha cumhachd aig ùghdarras foghlaim foghlam sgoile (a' gabhail a-steach tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne) a sholarachadh do chloinn ro-sgoile mar a mheasas iad iomchaidh. Fo earrann 1(4B) de dh'Achd 1980, airson adhbharan earrann 1 de dh'Achd 1980, tha "clann ro-sgoile" a' ciallachadh clann fo aois sgoile nach eil air tòiseachadh san sgoil fhathast, agus clann aig aois sgoile nach eil air tòiseachadh san sgoil fhathast.

^{19A} rèir Earrann 28 (1) de dh'Achd 1980, ann a bhith a' toirt seachad foghlam sgoile (a tha a' gabhail a-steach tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne) feumaidh an t-ùghdarras foghlaim aire a thoirt dhan phrionnsapal choitcheann gu bheil sgoilearan gu bhith air an oideachadh a rèir miann am pàrantan, cho fad 's a tha e co-chòrdail le bhith a' toirt seachad foghlam agus trèanadh iomchaidh agus a' seachnadh caiteachas poblach mì-reusanta.

Earrann 48: An ìre riatanach de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a dh'fheumar toirt seachad

Feumaidh ùghdarrasan foghlaim 1140 uair a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a thoirt do chloinn ion-roghnach gach bliadhna agus uiread pro rata airson gach pàirt de bhliadhna.

79. Fo earrann 47(1) de dh'Achd 2014, feumaidh ùghdarras foghlaim dèanamh cinnteach gum bi an uiread reachdail de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte ri fhaighinn do gach pàiste ion-roghnach a tha a' fuireach anns an sgìre aige.
80. Tha Earrann 48 de dh'Achd 2014 a' mìneachadh na còrach reachdail mar 1140 uairean de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte gach bliadhna agus uiread pro-rata airson gach pàirt de bhliadhna air a bheil am pàiste ion-roghnach²⁰. Tha àm tòiseachaidh na bliadhna a rèir na 'bliadhna sgoile', a tha a' ciallachadh nan 12 mìosan a' tòiseachadh air 1 Lùnastal gach bliadhna.
81. Tha an reachdas a' toirt iomradh air an 'ìre riatanach de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne', ach gus troimh-chèile a sheachnadh 's e còir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a chleachdas sinn air san stiùireadh seo. Tha seo gus dèanamh cinnteach gur e còir do chloinn a tha seo, ach nach eil e riatanach gun cleachd pàrantan a' chòir air fad air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte no gun cleachd iad a' chòir seo idir. Feumaidh ùghdarrasan foghlaim seo a dhèanamh soilleir anns a' chonaltradh aca do phàrantan mun chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.
82. Tha Earrann 48(2) de dh'Achd 2014 a' toirt comas do Mhinistearan na h-Alba an uiread de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte atharrachadh. Bhiodh òrdugh den t-seòrsa seo le ùmhlachd dhan dòigh-obrach dhearbhaich a rèir earrann 99(2) de dh'Achd 2014 agus, mar a tha air a mhìneachadh fo Earrann 48(3) de dh'Achd 2014, faodaidh e ullachadh eadar-dhealaichte a dhèanamh airson diofar sheòrsaichean de chloinn ion-roghnach, airson mar eisimpleir, àireamh eadar-dhealaichte de dh'uairean airson clann de dhiofar aoisean.

²⁰ Dh'atharraich [Òrdugh Achd na Cloinne is na h-Òigridh \(Alba\) 2014 \(Atharrachadh\) 2021](#) uiread nan uairean a thìde riatanach de thràth-ionnsachadh is cùram-chloinne a tha air a mhìneachadh ann an Earrann 48 bho 600 uairean a thìde gu 1140 uairean a thìde. Chaidh an òrdugh seo a chur an gnìomh air 1 Lùnastal 2021.

Tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne air a thoirt seachad gun chìsean a bhith ann

83. Fo earrann 33(1) de dh'Àchd 2000, feumar a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a libhrigeadh gun a bhith pàigheadh chìsean, a' gabhail a-steach suidheachadh far an tèid seo a thoirt seachad tro threas pàrtaidh (i.e. solaraichean san roinn phrìobhaidich, san treas roinn, agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne), fo aonta earrann 35. Tha seo a' ciallachadh:

- chan eilear ag iarraidh air pàrantan pàigheadh sam bith a dhèanamh, a' gabhail a-steach eàrlas no pàigheadh sam bith eile, a thaobh na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte;
- chan eil cìsean 'top-up' air an cur air pàrantan a thaobh na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte; agus
- chan fheum pàrantan uairean a bharrachd air an fheadhainn sa chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a cheannach gus cothrom fhaighinn air còir am pàiste air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.

Cìsean airson nithean roghainneil a bharrachd

84. Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, feumar a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a thoirt seachad gun chìsean a bhith rim faighinn. Ach, dh'fhaodte gum bi seirbheisean roghainneil a bharrachd ann a dh'fhaodadh pàrantan a bhith airson ceannach bho shuidheachadh a' phàiste. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' ceannach uairean a thìde a bharrachd air a' chòir mhaoinichte aig am pàiste air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.

85. Feumaidh cosgaisean sam bith a thuilleadh air a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a bhith airson rudan roghainneil a-mhàin, agus air an cuingalachadh ri, mar eisimpleir, cosgaisean chuaritean no gnìomhan taobh a-muigh a' churraicealaim, agus greimean-bìdh (ach a-mhàin greimeanan-bìdh air an toirt seachad tro [Sgeama Baine agus Greimean-bìdh Fallain na h-Alba](#)). Dh'fhaodadh na cosgaisean roghainneil seo a bhith a' gabhail a-steach far a bheil suidheachadh a' tabhann seirbheis roghainneil a bharrachd leithid ullachaidhean airson rèiteachaidhean còmhdach (*cover*) ionadail a dh'fheumas pàrantan (mar eisimpleir a bhith mar neach-conaltraidh èiginn airson pàiste, còmhdach airson pàtrain sìoft nam pàrantan, còmhdach airson amannan nuair nach urrainn dhan leanabh am pàtran frithealaidh àbhaisteach aca a leantainn mar thoradh air a bhith air saor-làithean, is msaa) a tha a' fàgail gum feum an suidheachadh àite a chumail gus an t-iartras seo a choileanadh anns na h-uairean a tha an leanabh a' faighinn pàirt den chòir mhaoinichte air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne ann an suidheachadh eile mar phàirt de dh'àite measgaichte.

86. Thathar an dùil gum bi suidheachaidhean a' dèanamh soilleir gur e cosgaisean roghainneil a tha seo agus ma roghnaicheas pàrant gun a bhith a' ceannach nan rudan roghainneil sin cha chuir sin stad orra bho bhith a' faighinn cothrom air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a' phàiste aca san t-suidheachadh.

87. Thathar an dùil cuideachd far a bheil pàrantan a' rognachadh barrachd uairean a thìde, no seirbheisean roghainnean a bharrachd, a cheannach a bharrachd air a' chòir air tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne maoinichte, gum bi na cìsean agus na h-uairean co-cheangailte follaiseach agus air am mìneachadh gu soilleir ann an conaltradh agus fàirdealan sam bith do phàrantan.

Cìsean airson tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne a bharrachd

88. Fo earrann 1(1C) de dh'Achd 1980, tha cumhachdan rognach aig ùghdarrasan foghlaim gus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a thoirt seachad a bharrachd air na còraichean reachdail a thaobh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne maoinichte fo earrann 1(1) agus (1A) de dh'Achd 1980 agus earrann 47(1) de dh'Achd 2014 (i.e. a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte). Is urrainn do seo comas a thoirt do dh'ùghdarrasan foghlaim prìomhachas a thoirt do chloinn shònraichte a gheibheadh a' bhuannachd a bu mhotha bhon t-solar.

89. Fo earrann 33(2) de dh'Achd 2000, tha cumhachd ga thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail gus pàigheadh iarraidh airson tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne rognach den t-seòrsa seo. Is urrainnear sùbailteachd a bharrachd a thoirt seachad tro bhith a' toirt seachad solar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne rognach le cìsean, an dàrna cuid le no gun subsadaidh. Bu chòir cìsean sam bith aig ùghdarrasan foghlaim do phàrantan airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne rognach a bhith trid-shoilleir.

90. Far am bi ùghdarrasan foghlaim a' cur chìsean an sàs airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne rognach, mar phàirt den dòigh-obrach iomlan aca gus cosgaisean a shuidheachadh airson seirbheisean rognach, thathar an dùil gum beachdaich iad gu h-iomchaidh air na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig seo air farpaiseachd agus seasmhachd gnìomhachais solaraichean eile a tha a' tabhann na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.

Earrann 49: Clann aois 2 bhliadhna fo chùram: ullachaidhean a bharrachd gus na feumalachdan sunnd aca a choileanadh

Tha earrann 49 de dh'Achd 2014 ag ràdh nach fheumar an dleastanas a bhith a' toirt seachad na còrach reachdail air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte do gach 'pàiste ro-sgoile ion-roghnach' a chur an sàs airson clann aois 2 agus nas sine a tha, bhon dàrna co-latha-breith aca, air a bhith fo chùram le ùghdarras ionadail far a bheil: measadh air a dhèanamh air feumalachdan a' phàiste, agus far a bheil an t-ùghdarras ionadail den bheachd gum biodh rèiteachaidhean eile airson foghlam is cùram a' phàiste na b' fheàrr a thaobh a bhith a' dìon no a' brosnachadh sunnd a' phàiste.

91. Tha clann fo chùram air a mhìneachadh ann an earrannan 97(2) de dh'Achd 2014 a rèir earrann 17(6) de dh'Achd 1995²¹.
92. Fo earrann 47(2) de dh'Achd 2014, tha pàiste sam bith aois 2 no nas sine a tha fo chùram, no a bha fo chùram aig àm sam bith bhon dàrna co-latha-breith aca, air a mheas mar 'phàiste ro-sgoile ion-roghnach' a thaobh nan dleastanasan air ùghdarrasan foghlaim a thaobh cothrom air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Mar sin, bidh iad fhathast ion-roghnach air a' chòir reachdail air fad air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte, ma tha iad fo chùram fhathast gus nach eil.
93. Is e adhbhar earrann 49 de dh'Achd 2014 barrachd sùbailteachd a thoirt seachad air an t-seòrsa seirbheis a dh'fhaodas ùghdarrasan foghlaim a thoirt seachad airson foghlam agus cùram-chloinne aois 2 no nas sine a bha fo chùram aig àm sam bith bhon dàrna co-latha-breith aca, agus a tha ion-roghnach *direach* seach gun robh iad fo chùram, i.e. fo earrann 47(3)(a)(i).

²¹ Tha iomradh sam bith sa Chaibideil seo mun Phàirt seo air pàiste a tha "fo chùram" le ùghdarras foghlaim, a' ciallachadh pàiste—

(a) dham bi iad a' toirt seachad àite-còmhnaidh fo [earrann 25](#) de dh'Achd 1995;

(b) a tha fo òrdugh stiùiridh èigneachail (*compulsory supervision order*) no òrdugh stiùiridh èigneachail eadar-amail agus dha bheil iad mar ùghdarras buileachaidh [a rèir ciall Achd nan Èisteachdan Cloinne \(Alba\) 2011](#));

(d) a tha fo òrdugh fo bheil dleastanasan orra a rèir riaghailtean a rinneadh fo [earrann 33\(1\)](#) de dh'Achd 1995 no [earrann 190 de dh'Achd Èisteachdan Cloinne \(Alba\) 2011 \(asp 1\)](#) (buaidh Òrdughan a rinneadh taobh a-muigh na h-Alba); no

(e) mun deach òrdugh maireannachd (*permanence order*) a dhèanamh, a' leantainn air iarrtas bhuapa fo [earrann 80](#) de dh'Achd Uchd-mhacachd agus Chloinne (Alba) 2007 (asp 4), agus a tha fhathast an gnìomh.

94. Fo earrann 49(2) de dh'Achd 2014, chan fheum an t-ùghdarras foghlaim an dleastanas aca a choileanadh a thaobh a bhith a' toirt seachad cothrom air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne (fo achd 47(2) de dh'Achd 2014) airson na cloinne seo dìreach ann an suidheachadh:

- a) far gun deach measadh a dhèanamh air feumalachdan (gus beachdachadh air am biodh rèiteachaidhean eile airson foghlaim is cùram a' phàiste na b' fhèarr gus sunnd a' phàiste a bhrosnachadh no a dhìon na cothrom air 'tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne'); agus
- b) far am dèan ùghdarras 'rèiteachaidhean eile a thaobh foghlaim is cùram a' phàiste mar a chì e iomchaidh air adhbharan dìon no brosnachadh sunnd a' phàiste'.

Ach, mar a tha air a mhìneachadh fo earrann 49(3) de dh'Achd 2014, chan eil na h-eisgeachdan sin an sàs ma tha pàrant aig pàiste nach eil fo chùram an ùghdarrais, a' cur an aghaidh an ùghdarrais a bhith a' dèanamh rèiteachaidhean eile.

95. Chan eil ullachaidhean 'iomchaidh' a bharrachd air am mìneachadh ann an Achd 2014. Tha iomradh air dèanamh cinnteach gu bheil rèiteachaidhean eile 'a' brosnachadh no a' dìon sunnd a' phàiste' a' buntainn ri earrann 96 de dh'Achd 2014 a tha co-cheangailte ri stiùireadh air 'measadh sunnd'.

96. Nuair a nithear measadh air sunnd, feumar a dhèanamh a' toirt feart air na 8 taisbeanairean sunnd a chaidh a mhìneachadh taobh a-staigh Pàirt 18, earrann 96 de dh'Achd 2014.

97. Nì measadh agus clàradh bhuilean ann am plana pàiste cinnteach gu bheil adhbharan follaiseach agus soilleir ann airson taic a chumail ris na co-dhùnidhean air rèiteachaidhean eile a rinneadh fo earrann 49 (2)(b) de dh'Achd 2014 mar dheagh chleachdadh.²²

²² Cha deach pàirt 5 ann an Achd 2014 a chur an gnìomh gu h-iomlan fhathast. Tha Riaghaltas na h-Alba an dùil feuchainn ri Pàirt 5 de dh'Achd 2014 ais-ghairm, a rinn ullachadh airson Plana Pàiste reachdail; ach tha plana pàiste fhathast na dheagh chleachdadh fo *Ga fhaighinn ceart airson gach leanaibh* (GIRFEC).

Earrann 50: Dleastanas a bhith a' cumail co-chomhairle agus planadh a dhèanamh air libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne

Fo earrann 50(1) de dh'Achd 2014, feumaidh ùghdarrsan foghlaim, co-dhiù gach 2 bhliadhna:

- co-chomhairle a dhèanamh le daoine, a tha a rèir coltais riochdachail de phàrantan aig clann fo aois sgoile san sgìre aca mu mar bu chòir dhaibh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a thoirt seachad.
- feart a thoirt air na beachdan a chaidh a chur an cèill sa cho-chomhairle agus plana ullachadh agus fhoillseachadh a' cur an cèill mar a tha iad an dùil tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a thoirt seachad.

A' dèanamh na co-chomhairle

98. Tha co-chomhairleachadh mu libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a' toirt cothrom do phàrantan am beachdan a thoirt seachad mu mhodailean, sùbailteachd, agus seòrsachan suidheachaidh far a bheil iad airson cothrom fhaighinn air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne am pàiste (mar eisimpleir, ann an suidheachaidhean poblach, prìobhaideach, san treas roinn agus luchd-aireachaidh chloinne) agus siostaman roghnachaidh gus an urrainn do phàrantan buaidh a thoirt air na roghainnean a tha rim faighinn agus faodaidh ùghdarrasan foghlaim siostaman a chruthachadh gus roghainnean a riarachadh. Is e an t-amas tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne aig àrd-ìre a libhrigeadh a tha a' coileanadh farsaingeachd de dh'fheumalachdan. Tha e cuideachd na chothrom gus còir gach pàiste a b(h)eachdan a chur an cèill agus a bhith air an cluinntinn a choileanadh, an dàrna cuid gu dìreach no tro bhuidheann riochdachail no iomchaidh (Alt 12 den UNCRC - Spèis airson beachdan an leanab). Dh'fhaodte gum beachdaich ùghdarrasan foghlaim air a' cheist am biodh co-chomhairle le clann feumail.
99. Am measg nan cuspairean air am b' urrainn do cho-chomhairle coimhead a thaobh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne coimhead, tha:
- an seòrsa agus measgachadh de shuidheachaidhean a tha rim faighinn san sgìre;
 - am pàtran libhrigidh (m.e. latha slàn, leth latha, àiteachan measgaichte is msaa.);
 - an àireamh de sheachdainean sa bhliadhna nuair a tha solar ri fhaighinn;
 - miann air solar tron Ghàidhlig;
 - miann air àiteachan thairis air crìochan comhairle;
 - an taic a bharrachd air a bheil clann / teaghlaichean feumach gus cothrom fhaighinn air a' chòir aca;
 - far a bheil solar suidhichte.

Chan eil annta seo ach eisimpleirean, agus tha e an urra ri ùghdarrasan foghlaim co-dhùnadh dè a bu chòir a bhith sa cho-chomhairle gus dèanamh cinnteach gu bheil e comasach do theaghlaidhean buaidh a thoirt air nàdar agus seòrsa an t-solair is na taice a tha air a thoirt seachad gu h-ionadail.

100. Feumaidh ùghdarrasan ionadail co-chomhairle a chumail le buidheann de phàrantan, a tha nam beachd riochdachail de phàrantan aig a bheil clann ro aois sgoile san sgìre ionadail aca. Ach chan eil seo a' ciallachadh gum feum ùghdarrasan foghlaim faighneachd den a h-uile pàrant aig a bheil pàiste a tha ion-roghnach air a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte aig an àm seo no san àm ri teachd mu na roghainnean pearsanta aca a thaobh suidheachadh no pàtran uairean.
101. Thathar a' brosnachadh ùghdarrasan foghlaim a bhith a' cleachdadh [deagh chleachdadh leabaichte a thaobh mar a bhios iad a' co-chomhairleachadh](#), a' dèanamh cinnteach gum bi iad a' dèanamh co-chomhairle air raon farsaing de dh'fheumalachdan, seach dìreach seata dùinte de roghainnean . Bu chòir ùghdarrasan foghlaim an cothrom seo a chleachdadh gus conaltradh farsaing, fosgailte agus fosgarra le pàrantan a bhrosnachadh.
102. Gus dèanamh cinnteach gu bheil co-chomhairlean riochdachail agus in-ghabhalach, bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim farsaingeachd de dhòighean-obrach co-chomhairleachaidh a chleachdadh gus com-pàirteachadh le farsaingeachd de phàrantan. Bu chòir dhaibh feuchainn ris na buidhnean a leanas a ghabhail a-steach:
 - Pàrantan a tha ag obair
 - Pàrantan a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail
 - Pàrantan nach eil cho buailteach com-pàirteachadh le seirbheisean reachdail
 - Pàrantan a tha air a bhith beò ann am bochdainn agus dì-chothrom
 - Pàrantan aig clann le feumalachdan taic a bharrachd
 - Pàrantan le feumalachdan taic a bharrachd
 - Pàrantan corporra
 - Pàrantan a tha ag iarraidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
 - Pàrantan a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan far nach eil mòran solair ann
 - Pàrantan bho choimhearsnachdan nam Feachdan Armaichte agus nan Seann Shaighdearan

- Pàrantan, no pàrantan aig clann, le ‘feartan dìonte’²³ m.e. teaghlaichean mion-chinnidheach (a’ gabhail a-steach teaghlaichean Siopsach/luchd-siubhail, pàrantan air a bheil ciorram, no pàrantan le clann aig a bheil ciorram, pàrantan LGBTI agus daoine bho choimhearsnachdan creideimh. Tha a bhith a’ dèanamh co-chomhairle le pàrantan le feartan dìonte a’ cuideachadh ùghdarrasan foghlaim gus dleastanas co-ionannachd na roinne poblaich a choileanadh fo Achd na Co-ionannachd 2010 agus fo earrann 3B de dh’Achd 2000 agus is urrainn dha measaidhean buaidh ionadail fhiosrachadh. Tha fiosrachadh a bharrachd ann am paragrafan 106 agus 107.

103. Thathar cuideachd ag aithneachadh gu bheil cnapan-starra nas motha ro theaghlaichean ann an sgìrean le bhith a’ faighinn cothrom air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Bu chòir do dh’ùghdarrasan foghlaim ann an sgìrean dùthchail a dhol an sàs le pàrantan, solaraichean a tha a’ tabhann na còrach maoinichte air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte, agus coimhearsnachdan, gus sgrùdadh a dhèanamh air a h-uile roghainn maoineachaidh is taic gus dèanamh cinnteach gu bheil deagh thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte ruigsinneach do phàrantan. Dh’fhaodadh seo a bhith a’ gabhail a-steach a bhith a’ brosnachadh agus a’ leasachadh ùr-ghnàthachadh agus/no tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte air a stiùireadh leis a’ choimhearsnachd. A bharrachd air seo, ann an earrann 7(1) de dh’Achd nan Eilean (Alba) 2018, tha ùghdarrasan foghlaim air an liostadh mar ùghdarrasan iomchaidh ann an teirmichean ann an clàr na h-Achd, agus feumaidh iad feart a thoirt air coimhearsnachdan eileanach agus iad a’ toirt seachad nan dleastanasan aca.
104. Dh’fhaodte gum bi cuid de theaghlaichean airson ’s gum faigh an cuid chloinne a’ chòir aca air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig. Ged nach eil dleastanas sam bith air ùghdarrasan foghlaim tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne a thoirt seachad sa Ghàidhlig, tha saorsa aca a thoirt seachad. Tha an [Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig](#) a’ moladh gum beachdaich ùghdarrasan air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne Gàidhlig a stèidheachadh mar cheum a dh’ionnsaigh Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre na Bun-sgoile a libhrigeadh agus bithear an dùil gun dèan iad nas urrainn dhaibh gus dèanamh cinnteach gu bheil ìre de leantainneachd ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) a rèir a’ Phlana Ghàidhlig aca agus a rèir [Plana Nàiseanta na Gàidhlig](#). Tha an dleastanas co-chomhairle a dhèanamh fo Achd 2014 a’ toirt cothrom do dh’ùghdarrasan foghlaim co-chomhairle a dhèanamh le pàrantan air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne sa Ghàidhlig gus an urrainn dhaibh beachdachadh an toir iad seachad solar den t-seòrsa seo san sgìre agus ma bheir, ciamar.

²³ Tha feachdan dìonta air am mineachadh fo Achd an Fhoghlaim 2010 mar aois, ciorram, ath-bhuileachadh gnè, posadh agus com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè agus taobhadh feise.

105. Tha e cudromach a bhith a' dèanamh co-chomhairle le pàrantan aig a bheil clann a tha a' cleachdadh solar an-dràsta (a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' cleachdadh na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a-mhàin, agus iadsan a cheannaicheas solar neo-mhaoinichte a bharrachd); a bharrachd air an fheadhainn aig a bheil clann nas òige a chleachdas solar thairis air na beagan bhliadhnaichean ri thighinn. Bu chòir ùghdarrasan ionadail co-chomhairle a dhèanamh le pàrantan a tha a' cleachdadh na còrach aig an cuid chloinne ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean thairis air na roinnean poblach, prìobhaideach, an treas roinn agus roinn an luchd-aireachaidh chloinne. Dh'fhaodte gum bi e feumail do dh'ùghdarrasan foghlaim co-chomhairle a dhèanamh le pàrantan aig clann a fhuair tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne mhaoinichte, ach a tha a-nis aig aois thràth na bun-sgoile. Is dòcha gum bi e comasach do na pàrantan sin sealladh a thoirt seachad air an àm a dh'fhalbh, a bheir sealladh air mar a bha e do phàrantan cothrom fhaighinn a' chòir air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne agus air toraidhean an t-solair sin.
106. Nuair a tha ùghdarrasan foghlaim a' dèanamh co-chomhairle air libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus ag ullachadh am planaichean às dèidh nam beachdan sin fhaighinn, feumaidh iad measadh a dhèanamh air a' bhuidh air daoine air a bheil 'feartan dìonte' (air am mineachadh fo Achd na Co-ionannachd 2010 mar chiorram, ath-bhuileachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè agus taobhadh feise) agus feumaidh iad beachdachadh air mar a leudaichear neo-ionannachd builean mar thoradh air ana-cothrom sòiseo-eaconamach²⁴.
107. Bu chòir gun cuidich an dleastanas gus co-chomhairle a chumail le pàrantan fo Achd 2014 ùghdarrasan foghlaim gus dleastanas co-ionannachd na roinne poblaich a choileanadh fo Achd na Co-ionannachd 2010²⁵ agus fo earrann 3B de dh'Achd 2000 agus gus measaidhean buaidh ionadail fhiosrachadh. Nuair a

24 Tha Earrann 3B de dh'Achd 2000, a' cur dhleastanasan sònraichte air ùghdarrasan foghlaim nuair a bhios iad a' dèanamh agus a' cur an gnìomh cho-dhùnaidhean ro-innleachdail a bheir buaidh air sgoilearan a tha a' fulang neo-ionannachd builean mar thoradh air ana-cothrom sòiseo-eaconamach. A bharrachd air seo, tha Dleastanas Alba nas Cothromaiche fo earrann 1 de dh'Achd na Co-ionannachd 2010, a' cur uallach laghail air ùghdarrasan foghlaim beachdachadh gu gnìomhach ('aire iomchaidh a thoirt air') ciamar as urrainn dhaibh neo-ionannachd builean a thig bho ana-cothrom sòiseo-eaconamach a lùghdachadh, nuair a tha iad a' dèanamh co-dhùnaidhean ro-innleachdail agus feumar measadh sgrìobhte fhoillseachadh a tha a' sealltainn mar a rinneadh seo. Faic an [stiuireadh air a bhith a' coileanadh Dleastanas Alba nas Cothromaiche](#).

25Tha dleastanas co-ionannachd na roinne poblaich fo earrann 149 ann an Achd na Co-ionannachd 2010 a' toirt air ùghdarrasan foghlaim, agus iad a' toirt seachad nan dleastanasan aca, feart iomchaidh a thoirt air an fheum a bhith: a' cur às do lethbhreith, sàrachadh, gabhail-brath; a bhith ag adhartachadh co-ionannachd chothroman eadar daoine aig a bheil feart dìonte buntainneach agus daoine aig nach eil; agus a' brosnachadh deagh dhàimhean eadar daoine aig a bheil feart dìonte buntainneach agus aig nach eil. Fo Riaghailtean Achd na Co-ionannachd (2010) (Dleastanasan Sònraichte) (Alba) 2012, feumaidh ùghdarrasan foghlaim ath-sgrùdadh agus measadh a dhèanamh air poileasaidhean agus cleachdaidhean a rèir nam feumalachdan air an ainmeachadh ann an earrann 149 ann an Achd na Co-ionannachd 2010.

thathar a' dèanamh co-chomhairle air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, tha e cudromach mar sin gun dèan ùghdarrasan foghlaim com-pàirteachadh dìreach le daoine le 'feartan dìonte' agus daoine a bha ann am bochdainn agus ana-cothrom sòiseo-eaconamach. Tha Coimisean na Co-ionannachdan is Còraichean Daonna air sreath de leabhranan-iùil a dhèanamh a tha a' toirt seachad comhairle air dleastanas co-ionannachd na roinne poblaich ann an Alba. Tha seo a' gabhail a-steach [stiùireadh gus an dleastanas a chur an gnìomh co-cheangailte ri com-pàirteachadh](#).

Tricead na co-chomhairle

108. Tha dleastanas air ùghdarrasan foghlaim co-chomhairle a chumail mu lìbhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne co-dhiù turas gach dà bliadhna.
109. Is e an t-amas airson co-chomhairleachadh a bhith riatanach gach dà bhliadhna a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean a' toirt aire do dh'fheumalachdan ionadail gu cunbhalach, ag aithneachadh gum bi a' chlann agus na teaghlaichean a tha a' faighinn cothrom air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne ag atharrachadh gach bliadhna.
110. Tha Earrann 50(2) de dh'Achd 2014 a' toirt cumhachd do Mhinistearan na h-Alba gus tricead na co-chomhairle seo atharrachadh le òrdugh, a bhios le ùmhlachd do phròiseas dhearbhadh.

Ag ullachadh agus a' foillseachadh plana air lìbhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne

111. Tha dleastanas air ùghdarrasan foghlaim am plana airson lìbhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne fhoillseachadh co-dhiù turas gach 2 bliadhna. Bu chòir na planaichean ro-innleachd choileanta a thoirt seachad airson a bhith a' lìbhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne san sgìre ionadail aca, a bhith a' freagairt air feumalachdan ionadail, agus a bhios a rèir iomadachd nan coimhearsnachdan ann an sgìrean nan ùghdarrasan foghlaim.
112. Fo earrann 50(1)(b) de dh'Achd 2014, feumaidh ùghdarrasan foghlaim feart a thoirt air na beachdan a chaidh a thoirt seachad sa cho-chomhairle, mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, mus ullach iad am plana. Feumaidh ùghdarrasan foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil e furasta toraidhean mu dheireadh na co-chomhairle a ruigsinn.
113. Ann a bhith ag ullachadh nam planaichean aca airson a bhith a' lìbhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim a bhith soilleir mun fheum air lìbhrigeadh a bhith practaigeach agus air prìs ruigsinneach taobh a-staigh nan stòrasan aca.

114. Bidh com-pàirteachadh leantainneach le luchd-obrach nan tràth-bhliadhnaichean bho air feadh nan roinnean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne na phàirt riatanach den phròiseas planaidh agus de dhealbhadh seirbheis.
115. Tha pàirt chudromach aig riaghaltas nàiseanta is ionadail ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum faod pàrantan roghainnean fiosraichte a dhèanamh mo chòir a' phàiste aca. A bharrachd air co-chomhairleachadh foirmeil feumar fiosrachadh soilleir a thoirt do phàrantan mu sholar na còrach air tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne maoinichte aig ìrean nàiseanta is ionadail. Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim beachdachadh air mar a bheir iad fios do phàrantan mu chòir a' phàiste aca, mun fharsaingeachd de sholair a tha ri fhaighinn, agus air mar a gheibh iad cothrom air seo.
116. Ann a bhith a' foillseachadh nam planaichean agus a' dèanamh conaltradh gu h-ionadail mun chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim beachdachadh air mar as urrainn dhaibh am fiosrachadh seo a dhèanamh ruigsinneach do phàrantan san sgìre ionadail aca. Mar eisimpleir, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh ri fhaighinn ann am Beurla Shoilleir, agus ri fhaighinn ann an cruthan eile leithid teip claisneachd, Braille, clò-mòr, Cànan Soidhnidh Bhreatainn (BSL), Easy Read agus cànanan coimhearsnachd eile. Air làrach-lìn [Inclusive Communication Hub](#) tha innealan, stiùireadh agus cuideachadh practaigeach air mar a nì cinnteach gu bheil fiosrachadh ruigsinneach do dhaoine. Bu chòir ùghdarrasan foghlaim beachdachadh cuideachd air mar a thèid fiosrachadh a sgaoileadh dhaibhsan nach eil air-loidhne, agus mar sin dh'fhaodte gum bi aca ri lethbhreacan cruaidh a thoirt seachad do luchd-ùidh gus an sgaoil iad iad do dhaoine a bhios feumach orra.
117. Bu chòir ùghdarrasan foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil fios aig coimhearsnachdan gu bheil am fiosrachadh seo ann; far am faigh iad e; agus gu bheil e ri fhaighinn ann an cruthan eadar-dhealaichte. Gus am bi fiosrachadh cho ruigsinneach 's a ghabhas, faodaidh ùghdarrasan foghlaim obrachadh le buidhnean agus luchd-ùidh mar eisimpleir, buidhnean treas-pàrtaidh, buidhnean tagraidh no buidhnean buntainneach eile, ann a bhith a' co-roinn agus a' sgaoileadh an fhiosrachaidh tro na lìonraidhean agus na coimhearsnachdan no na buidhnean aca.
118. Tha deagh chonaltradh aig cridhe a bhith a' togail dhàimhean làidir le pàrantan. Tha e cuideachd air aon de na prìomh amasan anns a' Phlana Gnìomh ['Learning Together'](#) aig Riaghaltas na h-Alba, co-phlana trì bliadhna airson 2018-21 eadar Riaghaltas na h-Alba agus COSLA. Is e prìomh fhòcas a' phlana dèanamh cinnteach gum faigh pàrantan an taic agus fiosrachadh a tha a dhìth orra ann an fòrmatan iomchaidh agus aig an àm cheart gus taic a

chumail ri ionnsachadh an cuid chloinne agus gus làn thaic agus com-pàirteachadh a bhith aca ann.

Feumalachdan taic a bharrachd

Tha dleastanasan air ùghdarrasan foghlaim fo Achd an Fhoghlaim (Taic a bharrachd airson ionnsachadh) (Alba) 2004, agus bu chòir dhaibh feart a thoirt air seo nuair a tha iad a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte do chlann ion-roghnach le feumalachdan taic a bharrachd.

119. Bidh clann agus daoine òga a' dèanamh adhartas eadar-dhealaichte, a rèir an t-suidheachaidh aca, ach, mar a tha e ag ràdh san UNCRC, tha còir aig gach pàiste is duine òg a bhith an dùil ri taic iomchaidh bho inbhich gus leigeil leotha leasachadh gu ìre cho coileanta 's a ghabhas thar gach fear de na comharran sunnd agus raointean curraicealaim. Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim feuchainn ri com-pàirteachadh le pàrantan le clann air a bheil ciorram no aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd mar phàirt den dleastanas aca fo Earrann 50 de dh'Achd 2014 gus co-chomhairle a chumail.
120. Tha Achd 2004 a' toirt seachad an fhrèam-obrach laghail airson a bhith a' comharrachadh agus a' cur aghaidh air na feumalachdan taic a bharrachd aig clann is òigridh aig a bheil bacadh no bacaidhean ro ionnsachadh. Tha Achd 2004 ag amas air dèanamh cinnteach gum faigh clann is daoine òga an taic a tha a dhìth orra gus an cuideachadh le bhith ag obair a dh'ionnsaigh a bhith a' ruigsinn an làn chomais aca. Bidh e cuideachd a' brosnachadh co-obrachadh am measg a h-uile duine a tha a' toirt taic do chloinn is daoine òga agus a' mìneachadh còraichean chloinne, dhaoine òga agus pàrantan taobh a-staigh an t-siostaim.
121. Tha Earrann 1(1) de dh'Achd 2004 a' mìneachadh gu bheil feumalachdan taic a bharrachd aig clann no duine òg, mas e is nach fhaigheadh iad buannachd bho fhoghlam sgoile air adhbhar sam bith, mur a faigh iad taic a bharrachd. Tha foghlam a' gabhail a-steach solar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne Feumaidh ùghdarrasan foghlaim feart a thoirt air Achd 2004 airson pàiste sam bith a tha ion-roghnach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte agus aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd.
122. Tha Stiùireadh Reachdail air Achd 2004 ri fhaighinn ann an [Còd-giùlain](#) Taic a Bharrachd airson Ionnsachadh.
123. Tha farsaingeachd de dhleastanasan air ùghdarrasan foghlaim agus buidhnean eile (a' gabhail a-steach bùird NHS) fo Achd 2004. Feumaidh iad na feumalachdan taic a bharrachd aig a' chloinn is òigridh aca a chomharrachadh, an ath-sgrùdadh agus ullachadh a dhèanamh air an son. A bharrachd air seo, tha dleastanasan air ùghdarrasan planadh airson eadar-ghluasadan, a bhith a'

beachdachadh air iarrtasan airson àiteachan, agus a bhith a' stèidheachadh phlanaichean taic co-òrdanaichte far a bheil sin iomchaidh. Gheibhear làn fhiosrachadh mu na dleastanasan uile aig ùghdarrasan foghlaim ann an Caibideil 1 den [Chòd-giùlain](#) ASL aca a tha a' cumail taic ri cur an gnìomh Achd 2004.

124. Às dèidh feumalachdan taic a bharrachd a bhith air an comharrachadh, bu chòir plana a stèidheachadh mu mar a thèid na planaichean seo a choileanadh is ath-sgrùdadh. Cleachdaidh ùghdarrasan foghlaim grunn mhodhan-obrach gus feumalachdan chloinne a choileanadh agus bidh an seòrsa taic a tha a dhìth diofraichte a rèir nan seòrsaichean feum a thèid a lorg. Bidh dòighean planaidh feumach air co-obrachadh eadar na buidhnean iomchaidh uile a tha an sàs ann an libhrigeadh sheirbheisean, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' comharrachadh agus a' dèiligeadh ri cnapan-starra ro chloinn is dhaoine òga a thaobh ionnsachadh.
125. Tha am Modail Cleachdaidh Nàiseanta, a tha na phàirt de dhòigh-obrach GIRFEC, na dheagh chleachdadh stèidhichte a tha na fhrèam-obrach cunbhalach do chleachdaichean thar gach seirbheis ann a bhith a' planadh airson sunnd na cloinne. Ann an cuid a shuidheachaidhean, dh'fhaodte gum bi Plana Taic Co-òrdanaichte a dhìth. Tha am plana reachdail seo a' cumail taic ri co-òrdanachadh taic thar-bhuidhnean do chloinn aig a bheil feumalachdan iom-fhillte no diofar fheumalachdan a dh'fheumas taic bho fhoghlaim agus co-dhiù aon bhuidheann eile. Far a bheil feum air plana taic co-òrdanaichte, tha e cudromach gum bi am pròiseas leasachaidh co-fhillte le planadh agus ath-sgrùdadh Plana na Cloinne mar a tha air a mhìneachadh ann an Còd Cleachdaidh ASL. Bidh na dleastanasan aig ùghdarrasan foghlaim airson a bhith a' planadh a' ghluasaid gu agus bho thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne cuideachd buntainneach dhan bhuidhinn chloinne seo.
126. Tha e ro-chudromach do chloinn le feumalachdan taic a bharrachd a bhith ag aithneachadh nam feumalachdan sin gu tràth. Chaidh [A Universal Health Visiting Pathway for Scotland](#) fhoillseachadh san Dàmhair 2015 agus tha e a' cur air adhart prògram tadhal dachaigh bunaiteach a thèid a thabhann dhan a h-uile teaghlach le luchd-tadhail slàinte aig a' char as lugha.
127. Bidh dleastanasan Achd 2004 an sàs nuair a dh'fhàsas pàiste ion-roghnach air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte agus mar sin bidh seo an sàs airson clann aois 2 bhliadhna a tha ion-roghnach air òrdugh cùram luchd-dàimh no le neach-glèidhidh a chaidh fhastadh le pàrant no aig a bheil pàrantan a tha a' faighinn shochair sònraichte. A thaobh an fheadhainn a tha fo òrdugh cùram luchd-dàimh, faodaidh luchd-cùraim (mar neach-cùraim no pàrant sam bith) iarraidh gun tèid measadh a dhèanamh air feumalachdan taic a bharrachd a' phàiste. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach seòrsa sònraichte de mheasadh.

128. Tha ullachaidhean Achd 2004 an sàs airson clann aois 2 bhliadhna a tha fo chùram. Fo earrann 1(1A) de dh'Achd 2004, thathar a' comharrachadh gu bheil feumalachdan taic a bharrachd air a h-uile pàiste a tha fo chùram ach a-mhàin ma thèid an caochladh a mheasadh. Bu chòir dhan mheasadh seo cuideachd a bhith a' gabhail a-steach measadh a bheil feum air plana taic co-òrdanaichte.
129. Ann an cuid de shuidheachaidhean, bidh na dleastanasan fo Achd 2004 an sàs nas tràithe. Tha Achd 2004 a' cur dleastanas air ùghdarrasan foghlaim a bhith a' toirt seachad taic a bharrachd iomchaidh do chuid de chloinn [air a bheil ciorram ro aois na sgoile ron](#) chòir aca air an uiread riatanach de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne; dh'fhaodte bho bhreith agus mar as trice ron àm nuair a tha clann a' fàs ion-roghnach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, far an tèid am feum seo a chomharrachadh²⁶.
130. Fo Achd na Co-ionannachd 2010, tha dleastanas air buidhnean air a bheil uallach a bhith a' dèanamh atharrachaidhean reusanta airson clann òga air a bheil ciorram agus gnothaichean is seirbheisean taic a bharrachd a thoirt dhaibh gus nach bi iad fo ana-cothrom susbainteach.²⁷
131. A bharrachd air seo, fo [Achd an Fhoghlaim \(Ro-innleachdan a thaobh Ciorraim agus Chlàran Foghlaim Sgoilearan\) 2002](#) tha dleastanasan air na buidhnean iomchaidh a bhith a' cruthachadh agus a' foillseachadh ro-innleachdan ruigsinneachd gus cur ri so-ruigsinneachd a' churraicealaim, na h-àrainneachd fiosaigich, agus ri conaltradh.
132. Fo Achd 2004 faodaidh pàrantan [iarrtas airson àite](#) a chur a-steach airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne airson pàiste le feumalachdan taic a bharrachd an dàrna cuid taobh a-staigh an ùghdarras anns a bheil iad a' fuireach (an t-ùghdarras dachaigh) no sgìre ùghdarras foghlaim eile (an t-ùghdarras ostaireach)²⁸.
133. Ma bhios iarrtas airson àite soirbheachail, tha an t-ùghdarras ionadail anns a bheil am pàiste a' fuireach an urra ris na cosgaisean airson tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne. Faodaidh iad còmh dhail an-asgaidh a chur air dòigh dhan ùghdarras sa bheil am pàiste a' faighinn tràth-ionnsachadh/cùram-chloinne ach chan eil dleastanas orra sin a dhèanamh. Mar sin, chan eil an t-ùghdarras a tha na òstair an urra ri cosgaisean an àite no airson còmh dhail sam bith co-cheangailte ris. Mar sin, tha e riatanach ullachaidhean siubhail a dhaingneachadh le pàrantan gus an t-iarrtas aca airson àite fhiosrachadh.

²⁶ Faic [earrann 5\(2\) agus \(3\) ann an Achd 2004](#).

²⁷ Faic [Earrann 20 de dh'Achd na Co-ionannachd 2010](#)

²⁸ Faic [Earrann 22](#) de, agus [Earrann 2](#) do, dh'Achd 2004.

134. Gheibhear fiosrachadh do phàrantan mu ullachaidhean uile Achd 2004 bho [Enquire](#) - an t-seirbheis comhairle agus fiosrachaidh airson taic a bharrachd airson ionnsachadh.

Earrann 51: Dòigh-libhrigidh tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne

Feumaidh a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a bhith air a libhrigeadh ann an seiseanan de **10 uairean a thìde** no nas lugha, agus feumar a thoirt seachad thairis air **38 seachdain** aig a' char as lugha gach bliadhna. Uaireannan, chanar 'am bun-fhrèam-obrach' airson a bhith a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.

Faodaidh Ministearan am frèam-obrach airson a bhith a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte atharrachadh le ùmhlachd do dhòigh-obrach dhearbhadh.

Frèam-obrach airson a bhith a' libhrigeadh Tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte

135. Fo earrann 51 de dh'Achd 2014, feumaidh ùghdarrasan foghlaim dèanamh cinnteach gun tèid tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a libhrigeadh ann an seiseanan de 10 uairean a thìde no nas lugha a dh'fhaide san latha²⁹. Feumar seo a libhrigeadh thairis air 38 seachdainean aig a' char as lugha, ach chan fheum seo uile a bhith tron teirm. Thathar an dùil gun cleachd clann a' chòir aca aig na h-amannan as fhreagarraiche dhaibh a thaobh nam feumalachdan aca, agus gun tèid na h-uairean a bharrachd a chleachdadh mar chothrom gus cunbhalachd a thoirt dhan phàiste.
136. Gabhaidh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a thoirt seachad tro ghrunn dhiofar mhodailean no phàtranan. Mar eisimpleir:
- Seiseanan leth-latha mu 4 uairean a thìde
 - Seiseanan latha sgoile mu 6 uairean a thìde
 - Seiseanan làn latha obrach suas ri 10 uairean a thìde
 - Seiseanan goirid eadar mu 2.5 uairean agus 3.5 uairean
 - Seiseanan a tha a' dol air adhart tron bliadhna air fad (barrachd air 38 seachdain gach bliadhna) cho math ri seiseanan tron teirm (38 seachdainean sa bliadhna).
137. Chan eil annta seo ach eisimpleirean agus tha e an urra ri ùghdarrasan foghlaim dèanamh cinnteach gun urrainn do theaghlaichean taghadh bho fharsaingeachd de sheòrsaichean suidheachaidh, a tha a' toirt seachad diofar phàtranan solair is taic tron sgìre ionadail aca. Bu chòir seo a bhith a rèir iarrtas ionadail agus a rèir an t-suidheachaidh ionadail agus chan eilear an dùil gum bi a h-uile roghainn ri fhaighinn anns a h-uile sgìre agus anns a h-uile suidheachadh. Bu chòir an rainse de mhodailean agus pàtranan libhrigidh a bhith air am fiosrachadh le co-chomhairle air a dhèanamh fo Earrann 50 de

²⁹ Thug [Òrdugh Achd na Cloinne is na h-Òigridh 2014 \(Atharrachadh\) \(Àir 1\) 2019](#) a-steach an riatanas gum bu chòir seisean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a bhith 10 uairean a thìde no nas giorra.

dh'Achd 2014 agus bu chòir seo a bhith ri fhaicinn ann am planaichean libhrigidh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne nan ùghdarrasan foghlaim.

138. Ged a tha am frèam-obrach a' ceadachadh seiseanan 10 uairean a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte, chan eil seo a' suidheachadh dùil gum bu chòir a' chòir reachdail air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a thoirt seachad tro sheiseanan làn-latha a-mhàin. A bharrachd air seo, chan eil riatanas ann an Achd 2014 gum bi gach suidheachadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a tha a' libhrigeadh na còrach maoinichte a bhith a' toirt seachad seiseanan 10 uairean a thìde nuair nach eil iad a' dèanamh seo mar-thà.
139. Ged a tha sùbailteachd do theaghlaichean na h-eileamaid chudromach de leudachadh nan uairean, 's e prìomh adhbhar na dòigh-obrach dèanamh cinnteach gum bi an toiseach tòiseachaidh as fheàrr aig clann. Nan tigeadh fianais am follais a' sealltainn gur dòcha gun robh cuid de dh'fhaidean seisein a' toirt droch bhuaidh air sunnd agus builean chloinne, beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba a bheil atharrachaidhean a bharrachd a dhìth air an fhrèam-obrach airson a bhith a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.
140. Chan eil an ùine seisean as fhaide a tha ceadaichte a' buntainn ach ri solar tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne maoinichte agus chan eil e a' cur bacadh air uairean fosglaidh shuidheachaidhean no air a bhith a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a bharrachd taobh a-muigh na còrach maoinichte air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte ann an suidheachadh sam bith, (i.e. ge b' e a bheil e ann an suidheachadh aig ùghdarras foghlaim, san roinn phrìobhaidich, san treas roinn no ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne).

A' toirt seachad nas lugha na a' chòir reachdail air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte

141. Tha an tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne reachdail na chòir do chloinn, agus chan eil e riatanach. Tha seo a' ciallachadh nach fheum pàrantan gabhail ris an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte air a bheil còir aig an clann - chan fheum iad gabhail ris air fad no ri pàirt sam bith dheth. Nuair a dh'iarraas pàrantan nas lugha de dh'uairean a thìde na an làn chòir, faodaidh an t-ùghdarras foghlaim ullachaidhean a dhèanamh a tha a rèir feumalachdan a' phàrant/nam pàrantan agus a tha fhathast a rèir leas a' phàiste. Bu chòir ùghdarrasan foghlaim feuchainn ri feumalachdan a' phàrant/nam pàrant, agus a' phàiste a choileanadh, a' gabhail a-steach tro bhith a' toirt seachad comhairle air a' phàtran frithealaidh as fheàrr a chùm leas a' phàiste. Bu chòir gun cùm poileasaidh follaiseach agus conaltradh le pàrantan taic ri, agus gun dèan e cinnteach, gun tèid an rèiteachadh as fheàrr agus as practaigiche a chur air dòigh airson a' phàiste, a' phàrant agus airson an ùghdarras foghlaim.

142. Chan fheum e a bhith comasach do shuidheachaidhean a tha a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a bhith comasach air an làn chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a libhrigeadh. Mar eisimpleir, bidh suidheachaidhean de chàileachd àrd tron roinn air fad a bhios ag obair thairis air uairean nas giorra, no aig nach eil mòran comais leudachaidh, a tha a' cuingealachadh a' chomais aca gus an làn chòir de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a thabhann. Nuair a thachras seo, agus far a bheil suidheachadh a' coileanadh nan riatanasan airson a bhith a' tabhann na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, thathar an dùil gum bi an t-ùghdarras foghlaim agus an suidheachadh ag obair gu dlùth còmhla gus modalan libhrigidh a chruthachadh a rèir iarrtas ionadail agus plana nan ùghdarrasan foghlaim airson a bhith a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne (mar a tha riatanach fo earrann 50 de dh'Achd 2014).
143. Tha Earrann 51(2) de dh'Achd 2014 a' toirt comas do Mhinistearan na h-Alba a bhith ag atharrachadh na dòigh sa bheilear a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne tro òrdugh le ùmhlachd do dhòigh-obrach dhearbhadh to earrann 99(2) de dh'Achd 2014.

Frithealadh

144. Feumaidh gach sgoil clàr làithreachd a chumail airson gach sgoileir, gus clàradh a bheil clann an làthair³⁰. Feumar seo a dhèanamh airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne far a bheil e air a thoirt seachad mar phàirt den chòir do chloinn òg a tha ion-roghnach. A bharrachd air seo, feumaidh a h-uile solaraiche tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a tha clàraichte le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim clàr a chumail de fhrithealadh na cloinne gus sealltainn na h-àireamh iomlan de chloinn ann an toglaichean 'cùram-latha chloinne' aig àm sam bith.
145. Tha seo a' toirt buaidh air cleachdadh do sholaraichean anns an roinn phrìobhaidich, san treas roinn no ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne, agus far a bheil àiteachan measgaichte ann, leis am bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim siostaman agus modhan-obrach a stèidheachadh, m.e. ceanglaichean agus conaltradh eadar àiteachan measgaichte agus dleastanasan soilleir air suidheachaidhean a tha a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte gus atharrachaidhean ann an làthaireachd a chlàradh, a sgrùdadh agus aithris. Feumaidh luchd-solair anns an roinn phrìobhaidich, san treas roinn no ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne a tha a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte obrachadh ann an dòigh aonaichte gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail sùil air làthaireachd pàiste agus gun tèid draghan sam bith a cho-roinn agus gun tèid rudeigin a dhèanamh mun deidhinn. Tha stiùireadh mu

³⁰ Riaghailtean Coitcheann nan Sgoiltean (Alba) 1975.

bhith a' dèiligeadh ri làthaireachd is neo-làthaireachd ri fhaighinn taobh a-staigh [*Included, Engaged and Involved part one.*](#)

146. Mar a tha air a mhìneachadh fo earrann 14 de dh'Achd 1980, ma tha neo-làthaireachd fad-ùine aig pàiste òg a tha ion-roghnach air sgàth droch shlàinte, tha e mar dhleastanas air ùghdarrasan foghlaim rèiteachaidhean eile a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gum faigh am pàiste tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne ann an àiteachan eile agus gum faigh iad taic iomchaidh le an cuid ionnsachaidh. Anns an t-suidheachadh seo, agus gus taic a chumail ri dòigh-obrach chunbhalach, tha e riatanach fhèin gum bi conaltradh soilleir eadar na diofar bhuidhnean, seirbheisean agus proifeiseantaich agus leis a' phàrant is pàiste seo. Tha [stiùireadh agus fiosrachadh sònraichte do dh'ùghdarrasan foghlaim ri fhaighinn a thaobh an dleastanais reachdail, fo earrann 14 de dh'Achd 1980.](#)
147. Bheir SEEMiS Early Years seachad an comas do shuidheachaidhean a bhith a' clàradh làithreachd na cloinne a tha clàraichte airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte. Ma thèid an comas seo a chleachdadh le suidheachaidhean, bidh e comasach dhan ùghdarras foghlaim anns a bheil iad sùil a chumail air frithealadh na cloinne anns an sgìre aca.

Earrann 52: Sùbailteachd san dòigh anns am bithear a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne

Feumaidh ùghdarrasan foghlaim **aire a thoirt air cho buannachail** 's a bhiodh e dèanamh cinnteach gu bheil an dòigh anns am bi e a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne sùbailte gu leòr gus **ìre iomchaidh de roghainnean** a thoirt do phàrantan nuair a tha iad a' co-dhùnadh ciamar a chleadas iad an t-seirbheis.

148. Is e adhbhar earrann 52 de dh'Achd 2014 a bhith a' cumail taic ri teaghlaichean le bhith a' toirt seachad uairean sùbailte a tha a' toirt ìre iomchaidh de roghainnean dhaibh.
149. Is e an t-amas gun dèan ùghdarrasan foghlaim cinnteach gu bheil sùbailteachd agus roghainn ann do phàrantan a thaobh nam pàtranan de dh'uairean de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a tha rim faighinn tron sgìre ùghdarrais ionadail aca.
150. Tha sùbailteachd a thaobh solair ann cuideachd a thaobh cothrom air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a tha air a libhrigeadh tro shuidheachaidhean san roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne.
151. Chan eil Earrann 52 de dh'Achd 2014 a' suidheachadh dùil gun toir gach suidheachadh seachad gach pàtran de sholar a dh'fhaodadh pàrant iarraidh. Tha seo airson leigeil le solaraichean a bhith a' planadh airson agus a' stiùireadh comas-lìbhrigidh an t-suidheachaidh aca gu h-èifeachdach, agus gus aithneachadh gu bheil e coltach gum bi tairgse bhunaiteach aig solaraichean san roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne a tha mar bhunait don mhodal gnìomhachais aca. Mar eisimpleir, bidh amannan stèidhichte aig suidheachaidhean nuair a bhios iad a' libhrigeadh na seirbhis aca. Ged a bu chòir cothrom a bhith aig pàrantan air raon de sheiseanan de dhiofar fhaid agus amannan tòiseachaidh, chan eilear an dùil gum feum suidheachaidhean fa leth gabhail ris a h-uile iarrtas bho phàrantan gus còir mhaoinichte reachdail am pàiste air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a chleachdadh airson dìreach pàirt de sheisean (i.e. a' taghadh an ùine fàgail/togail aca fhèin).
152. Bu chòir sùbailteachd a bhith air a stiùireadh le iarrtas ionadail bho theaghlaichean a thaobh nàdar agus seòrsa an t-solair agus na taice a tha a dhìth orra. Bu chòir na roghainnean aig teaghlaichean a bhith air an stiùireadh tro cho-chomhairle le buidhnean riochdachail de phàrantan mar a chaidh a shònrachadh ann an earrann 50 de dh'Achd 2014.

153. Bu chòir an rainse a libhrigeadh taobh a-staigh an fhrèam-obrach mar a chaidh a mhìneachadh ann an earrann 51 de dh'Achd 2014.
154. Bheir seo cothrom do dh'ùghdarrasan foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil measgachadh iomchaidh ann de sholar san sgìre aca a tha a rèir suidheachaidhean ionadail agus a tha a' toirt seachad roghainn a thaobh:
- Diofar sheòrsaichean shuidheachaidh a' gabhail a-steach an fheadhainn san roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh.
 - Roghainnean a thaobh pàtrain libhrigidh, mar eisimpleir, diofar fhaid a bhith aig seiseanan (latha slàn, leth latha, àiteachan measgaichte is msaa) agus an àireamh de sheachdainean sa bhliadhna air an cleachd iad a' chòir reachdail (solar tron teirm no fad na bliadhna).
155. Tha e cudromach a ràdh gu bheil sùbailteachd agus roghainn a thaobh pàtranan no modailean solair. Bidh e an urra ri ùghdarrasan foghlaim na modailean seo a dhealbh is a chruthachadh às dèidh co-chomhairle, agus gus dòighean roghainn a dhealbh. Mar sin, tha roghainn iomchaidh fo earrann 52 de dh'Achd 2014 gu bhith stèidhichte air modailean agus chan ann air solaraichean no àiteachan fa leth.
156. Nuair a bhios solaraichean san roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne a' toirt seachad seiseanan tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte de dh'fhaid shònraichte, chan fheum ùghdarrasan foghlaim sònrachadh cuine a bu chòir do na seiseanan sin tòiseachadh agus crìochnachadh. Chan fheum seiseanan a bhith a rèir amannan/uairean nan ùghdarrasan ionadail cho fad 's a bhios iad a rèir an fhrèam-obrach airson a bhith a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne maoinichte mar a chaidh mìneachadh ann an earrann 51 de dh'Achd 2014, oir dh'fhaodadh seo bacadh a chur air sùbailteachd.
157. Dh'fhaodte gum bi pàrantan airson nan làithean san t-seachdain no na seiseanan atharrachadh trom bi iad a' faighinn tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a' phàiste rè teirm. Bu chòir solaraichean a tha a' tabhann na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a bhith ag obair le pàrantan gus feuchainn ri seo a chur an comas far an gabh e dèanamh, ach chan eil earrann 52 de dh'Achd a' suidheachadh dùil gum bu chòir suidheachaidhean gabhail ri atharrachaidhean tric air pàtran libhrigidh na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte aig a' phàiste.
158. Tha an t-sùbailteachd seo a thaobh roghainnean do phàrantan a thig bho cho-chomhairlean a' ciallachadh gum feum ùghdarrasan a bhith so-fhreagarrach. Gus seo a dhèanamh, feumar aithneachadh gum bi feum leantainneach gus modailean ath-sgrùdadh agus atharrachadh mar thoradh air iarrtas bho phàrantan san sgìre aca.

Eadar-ghluasadan agus cùram measgaichte

159. Is e amas na sùbailteachd roghainnean a thoirt do theaghlaichean a tha a chùim leas a' phàiste agus a tha cuideachd a rèir feumalachdan nam pàrant. Faodaidh e cunbhalachd a thoirt dhan phàiste agus dhan phàrant/do na pàrantan aca ma gheibh iad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne an dà chuid maoinichte agus roghnach, far a bheil feum air seo, san aon àite. Ach chan eil fianais sam bith ann a tha a' comharrachadh gum bu chòir dhan chòir uile air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a bhith air a lìbhrigeadh leis an aon sholaraidhe. Faodaidh modal solair measgaichte a bhith buannachdail do chloinn agus do phàrantan, agus bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim gabhail ri àiteachan measgaichte eadar diofar sholaraidhean far a bheil seo a' coileanadh feumalachdan an leanaidh agus nam pàrant.
160. Is e am prìomhachas ann a bhith a' gluasad eadar shuidheachaidhean a bhith a' stiùireadh nan eadar-ghluasadan seo gu math³¹. Bu chòir seo a dhèanamh le bhith a' co-roinn uallach airson plana pearsanta a' phàiste agus a' cur fòcas air a bhith a' togail dàimh thaiceil agus choibhneil eadar am pàiste agus an luchd-cùraim aca. 'S e am factar as cudromaiche gum faigh clann solar aig àrd-ìre, ge b' e càite is ciamar a tha tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne air a thoirt seachad.
161. Nuair a thòisicheas pàiste ann an suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne, nì iad grunn eadar-ghluasadan: bhon dachaigh chun an t-suidheachaidh, taobh a-staigh an t-suidheachaidh, is dòcha eadar suidheachaidhean, agus bho neach gu neach. 'S e àm làn spionnaidh ach fhathast dùbhlanaich a tha seo do phàrantan agus do chloinn, oir gu tric adhbharachaidh atharrachadh iomagain. Dh'fhaodadh gum bi eadar-ghluasadan nas dùbhlanaiche do chuid de chloinn aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd agus bu chòir seo a bhith na cheist chudromach nuair a thathar a' planadh airson taic do chloinn anns na suidheachaidhean sin. Nuair a tha deagh thaic ri eadar-ghluasadan, ionnsachaidh clann a bhith a' stiùireadh atharrachadh ann an dòigh mhath, a tha na sgil beatha cudromach. Bidh suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne de chàileachd àrd a' togail air an ionnsachadh agus air na gnàth-eòlasan luachmhor a tha pàiste air fhaighinn san dachaigh agus timcheall air an dachaigh; agus, bidh luchd-obrach a' freagairt air feumalachdan chloinne is phàrantan gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-eadar-ghluasad adhartach is brioghmhor. Tha stiùireadh mu bhith a' cumail taic ri eadar-ghluasadan ri fhaighinn san [Stiùireadh nàiseanta airson cleachdadh sna tràth-bhliadhnaichean: A' Coileanadh a' Chomais](#), a tha a' togail air an fhrèam-obrach nàiseanta làithreach: An Curraicealam airson Sàr-mhathais.

³¹ Tha na prionnsabalan airson tar-ghluasad air am mìneachadh ann an [aithris airson na roinne air fad a chaidh fhoillseachadh ann an 2019](#).

Stiùireadh a bharrachd air prìomh reachdas agus poileasaidh eile co-cheangailte ri libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne

162. Tha an earrann seo a' toirt seachad stiùireadh a bharrachd mu thaobhan den fhrèam-obrach reachdail agus poileasaidh a tha a' buntainn ri libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, ach a tha taobh a-muigh raon-ùghdarras earrann 34 de dh'Achd 2000 fo bheil an Stiùireadh Reachdail air Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne air fhoillseachadh. Tha ceanglaichean air an toirt seachad far a bheil stiùireadh air leth, an dàrna cuid reachdail no neo-reachdail ri fhaighinn air raointean ris a bheilear a' dèiligeadh san earrainn seo.

A' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte tro fharsaingeachd de sholaraichean

163. Fo earrann 47 de dh'Achd 2014, tha e na dhleastanas air an ùghdarras foghlaim dèanamh cinnteach gum faigh gach pàiste ion-roghnach na h-uairean reachdail de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Fo earrann 35 de dh'Achd 2000, faodaidh an t-ùghdarras foghlaim rèiteachaidhean a dhèanamh le neach sam bith gus an solar sin a chur air dòigh airson clann fo aois sgoile. Mar sin, tha tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte air a libhrigeadh tro eaconamaidh mheasgaichte le measgachadh de sholaraichean poblach, prìobhaideach, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne, a' toirt seachad na còrach maoinichte air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.

Dòigh-obrach Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste, agus an Ìre Nàiseanta airson solaraichean Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne

164. Tha [Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste \(*Funding Follows the Child*\)](#)³², a chaidh aontachadh le Riaghaltas na h-Alba agus COSLA, a' dèanamh cinnteach gun tèid a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a thoirt seachad ann an deagh shuidheachaidhean. Tha an dòigh-obrach seo 'neodrach a thaobh solaraiche (*provider neutral*)' agus tha e air a dhaingneachadh le Ìre Nàiseanta a dh'fheumas a bhith aig h-uile suidheachadh a tha airson a' chòir maoinichte a libhrigeadh - ge b' e a bheil iad san roinn phoblach, phrìobhaidich no ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne.

165. Aig cridhe na h-Ìre Nàiseanta tha seata shlatan-tomhais càileachd a tha soilleir agus cunbhalach, gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile suidheachadh a tha a' tabhann na còrach maoinichte a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne den chàileachd as fheàrr. Tha Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste cuideachd a' toirt roghainn do phàrantan oir is urrainn dhaibh cothrom fhaighinn

³² Tha fiosrachadh mu bhith a' cur an gnìomh Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste, agus an Ìre Nàiseanta airson solaraichean Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, a' gabhail a-steadh Stiùireadh Obrachaidh mionaideach do dh'ùghdarrasan foghlaim agus solaraichean foghlaim ri fhaighinn air [làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba](#).

air a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte aig an t-solaraiche a roghnaicheas iad ma tha an solaraiche sin a' coileanadh slatan-tomhais na h-Ìre Nàiseanta, ma tha àite ri fhaighinn ann agus ma tha e dèonach cùmhnant a dhèanamh leis an ùghdarras foghlaim.

166. Tha seo gus taic a thoirt do shiostam nas fharsainge airson a bhith a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a tha stèidhichte air modail solar le eaconamaidh measgaichte anns an roinn phoblaich, san roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne. Thathar an dùil gun obraich na h-ùghdarrasan foghlaim agus solaraichean a tha a' tabhann na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte còmhla ann an dòigh brìoghmhor agus ann am fìor chom-pàirteachas gus solar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte sùbailte agus de chàileachd àrd a libhrigeadh.

A' faighinn solar aig àrd-ìre

167. Fo earrann 66(1A)³³ de dh'Achd 1980, tha cumhachd aig Ministearan na h-Alba sgrùdadh a chur air dòigh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh air suidheachaidhean a tha a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne fo rèiteachadh earrainn 35.
168. Fo Achd Ath-leasachaidh nan Seirbheisean Poblach (Alba) 2010 (Achd PSR), tha dleastanas reachdail air Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim a bhith a' sgrùdadh agus a' riaghaladh a h-uile solaraiche clàraichte de sheirbheisean cùram-latha agus luchd-aireachaidh chloinne, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne fo aonta earrann 35. Feumaidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim feart a thoirt air [Inbhean Nàiseanta airson Slàinte agus Cùram Sòisealta](#) ann a bhith a' dèanamh co-dhùnadh, agus fo earrann 50 den Achd PSR, feumaidh Ministearan na h-Alba inbhean sam bith a chumail fo sgrùdadh.
169. Fo earrann 59 den Achd PSR, feumaidh gach pàiste a tha airson seirbheis cùraim a thoirt seachad iarrtas a dhèanamh gu Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson an t-seirbheis sin a chlàradh. Tha e na eucoir fo earrann 80 de dh'Achd PSR seirbheis a thoirt seachad gun a bhith clàraichte. Feumaidh gach seirbheis cùraim a tha air a chomharrachadh mar sheirbheis cùram latha do chloinn, a' gabhail a-steach sgoiltean-àraich, aonadan chloinne no teaghlach, creches agus an fheadhainn a tha a' toirt seachad seirbheis aireachaidh-chloinne a bhith air an clàradh le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim. Nuair a thèid clàradh a thoirt seachad, thèid teisteanas clàraidh a thoirt dhaibh le fios mu chumhaichean na seirbheis a ghabhas libhrigeadh.

³³ Chaidh fo-earrann (1A) a chur a-steach gu earrann 66 de dh'Achd 1980 le earrann 36 de dh'Achd 2000.

170. Fo earrann 70 den Achd PSR, faodaidh duine sam bith a tha a' toirt seachad seirbheis cùraim iarrtas a chur gu Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim ag iarraidh atharrachadh air an t-seirbheis airson a bhith ag atharrachadh, a' toirt air falbh cumha clàradh, no ag iarraidh a bhith a' cur cumha ùr ris. Chan fhaod an t-iarrtas gus seirbheis cùraim atharrachadh a bhith air a chur a-steach nas lugha na 3 mìosan mus tèid an t-atharrachadh a thathar a' moladh a dhèanamh. Ma dh'aontaicheas Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim ri atharrachadh ris a' chlàradh, thèid teisteanas clàraidh ùr a thoirt dhan t-solaraiiche seirbheisean cùraim.
171. Mar sin, thèid sgrùdadh a dhèanamh le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air a h-uile suidheachadh a tha a' libhrigeadh na còrach maoinichte air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne air cearcall triceid stèidhichte air riosg. Dh'fhaodte gun tèid cuid de sholaraiichean a thaghadh airson sgrùdadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air Foghlam.
172. Fo earrann 3 de dh'Achd 2000, tha e mar dhleastanas air Ministearan na h-Alba agus ùghdarrasan foghlaim oidhirp a dhèanamh gus leasachadh a thoirt air càileachd foghlam sgoile a tha air a thoirt seachad ann an Alba; tha seo a' gabhail a-steach tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne; agus, fo earrann 3(3)(b) de dh'Achd 2000, tha e mar dhleastanas air ùghdarrasan foghlaim feuchainn ri piseach a thoirt air foghlam sgoile (a tha a' gabhail a-steach tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne) a tha air a thoirt seachad le solaraiichean fo rèiteachaidhean a rinneadh fo earrann 35 de dh'Achd 2000.
173. Mar sin, tha àite cudromach aig ùghdarrasan foghlaim ann a bhith a' cur ri leasachadh càileachd anns na suidheachaidhean aca fhèin agus ann an suidheachaidhean a tha a' toirt seachad na còrach maoinichte air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Nì ùghdarrasan foghlaim seo tro leasachadh càileachd, ionnsachadh agus leasachadh, CPD agus dòighean taic eile. 'S ann as èifeachdaiche seo nuair a nithear e leis na suidheachaidhean aca fhèin agus solaraiichean eile a tha a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte còmhla. Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim dòigh-obrach aonaichte a chruthachadh airson obair tro fhòraman agus lìonraidhean còmhla ri solaraiichean san sgìre aca a tha a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte gus an cothrom as fheàrr fhaighinn do dhaoine air fiosrachadh, ionnsachadh agus leasachadh, CPD, agus taic eile gus càileachd a dhearbhadh agus a leasachadh; agus, a' dèanamh cinnteach gun tèid poileasaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus poileasaidhean co-cheangailte riutha a chur an gnìomh gu h-èifeachdach.
174. Bidh buidhnean riochdachaidh aig solaraiichean san roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne cuideachd a' cur gu mòr ri dearbhadh is leasachadh càileachd; agus, bidh iad ag obair ann an com-pàirteachas gu h-ionadail agus gu nàiseanta gus seo a choileanadh

Rèiteachaidhean maoinichaidh ionadail

175. Tha e an urra ri ùghdarrasan foghlaim rèiteachaidhean a dhèanamh a tha cothromach agus seasmhach gu h-ionadail le solaraichean a tha a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte fo aontaidhean earrann 35 (de dh'Achd 2000), agus a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi solar de chàileachd àrd ann. Chaidh [Stiùireadh](#) a dhèanamh gus taic a chumail ri ùghdarrasan foghlaim gus cuideachadh a thoirt dhaibh le bhith a' suidheachadh ìrean pàighidh airson solaraichean a tha a' toirt seachad na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.
176. Tha solaraichean a' gabhail a-steach buidhnean san treas roinn, iomairtean shòisealta, gnìomhachasan prìobhaideach agus luchd-aireachaidh chloinne. Cha bu chòir ùghdarrasan foghlaim a bhith a' toirt seachad beachdan air no a bhith a' dol an sàs anns na cìsean a tha na solaraichean ag iarraidh taobh a-muigh na còrach air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.
177. Bidh beachdan cudromach aig solaraichean air raon de chùisean gus dèanamh cinnteach gum bi an dòigh pàighidh chìsean as fhasa agus as èifeachdaiche ann, leithid cuairteachadh agus sgaoileadh rèiteachaidhean maoinichaidh. Bidh fios aig a h-uile solaraiche a' gabhail a-steach suidheachaidhean aig ùghdarras foghlaim a bhios a' cur chìsean air na seirbheisean aca mu shiostaman subsadaidh eile a tha rim faighinn do phàrantan tro na siostaman cìse agus tèarainteachd shòisealta.
178. Cha bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim pàighidhean a thoirt air falbh bho sholaraichean a tha a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte stèidhichte air neo-làthaireachd chloinne sa gheàrr-ùine no dùnadh an ionaid fad ùine ghoirid ann an suidheachadh èiginneach, m.e. air sgàth droch shìde. Cha bhiodh seo na chleachdadh seasmhach ann an solar sam bith far a bheilear an dùil gum bi an t-àite ann dhan phàiste.

Co-chomhairle fo Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairle) (Alba) 2010

179. Fo Achd 2010, feumaidh ùghdarrasan foghlaim co-chomhairle a chumail air moladh sam bith gus sgoil-àraich a dhùnadh³⁴ no gus na clasaichean sgoil-àraich uile ann am bun-sgoil phoblach a dhùnadh³⁵

³⁴ Tha paragraf 1 de dh'Achd 2010 a' toirt iomradh air "sgoil"; tha earrann 21(1)(a) de dh'Achd 2010 a' mìneachadh "sgoil" le bhith a' toirt iomradh air sgoil phoblach mar a chaidh a mhìneachadh ann an earrann 135(1) de dh'Achd 1980; anns an earrainn sin, tha "sgoil" a' gabhail a-steach "sgoil-àraich". Tha mìneachadh air "sgoil-àraich" ann an earrann 135(1) de dh'Achd 1980 agus chiad atharrachadh le Achd 2014 (paragraf 2(6)(b) de dh'earrann 5) gus sgoil-àraich a mhìneachadh mar sgoil a tha a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Tha Earrann 135(1) de dh'Achd 1980, mar a chaidh atharrachadh le paragraf 2 (6)(a) de dh'Achd 2014 a' mìneachadh " tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne" leis an aon chiall ri Pàirt 6 de dh'Achd 2014.

³⁵ A rèir earrann 12 de Chlàr 1 de dh'Achd 2010, tha an t-Achd a' mìneachadh "clas sgoil-àraich" a rèir earrann 135(1) de dh'Achd 1980. Tha an earrann sin (mar a chaidh atharrachadh le paragraf

180. Gus taic a thoirt do leudachadh agus ath-rèiteachadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, chuir Riaghailtean Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010 (Atharrachadh) 2017 às dhan riatanas co-chomhairleachadh reachdail a dhèanamh air molaidhean gus sgoil-àraich ùr no clas sgoil-àraich ùr a stèidheachadh agus molaidhean gus sgoil-àraich no sgoil-àraich a ghluasad fo Achd 2010.
181. Gheibhear barrachd fiosrachaidh ann an [Achd nan Sgoiltean \(Co-chomhairle\) \(Alba\) 2010: stiùireadh](#).

Poileasaidhean Inntigidh agus ullachaidhean tar-crìche

182. Faodaidh ùghdarrasan foghlaim poileasaidhean inntigidh a chur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun coilean iad an dleastanas reachdail gus a' chòir reachdail air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte fhaighinn do chloinn taobh a-staigh na sgìre aca.
183. Thathar an dùil gum bi ullachaidhean ann am poileasaidhean inntigidh aig tòrr ùghdarrasan foghlaim airson rèiteachaidhean thar crìochan ùghdarras ionadail. Fo Mhaoineachadh a' Leantainn a' Phàiste, chan eil an roghainn de sholaraichean a' buntainn ri sgìre an ùghdarras ionadail aca a-mhàin. Mar sin, bu chòir dha a bhith comasach do phàrantan cothrom fhaighinn air còir am pàiste air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne ann an suidheachadh sam bith a tha a' coileanadh na h-Ìre Nàiseanta, anns a bheil àite bàn, agus a tha deònach a dhol an sàs ann an cùmhnant leis an ùghdarras ionadail. Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim, far a bheil sin comasach, rèiteachaidhean a dhèanamh a nì cinnteach gu bheilear a' dèiligeadh ri teaghlaidhean a tha a' faighinn àite thar-crìche air an aon stèidh, mar eisimpleir sa chlàr-ama airson co-dhùnadh a thoirt seachad, ri teaghlaidhean a tha a' faighinn cothrom air solar taobh a-staigh sgìre an ùghdarras ionadail aca.
184. Thathar a' moladh gun tèid poileasaidh gun chìsean a chur an sàs airson àiteachan tar-crìche gu cunbhalach le ùghdarrasan foghlaim.
185. Thathar a' moladh gun coinnich ùghdarrasan foghlaim leis na h-ùghdarrasan as fhaisg orra no leis an fheadhainn eile san roinn gus gluasad agus àiteachan thairis air crìochan a chomharrachadh agus gus rèite sheasmhach agus bhuannachdail do na h-uile a dhèanamh.
186. [Dòigh-obrach Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste, agus an Ìre Nàiseanta airson solaraichean Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne](#): Tha [Stiùireadh air Roghainnean Eadar-ghluasad a thaobh Cùmhnantan](#) a' toirt seachad stiùireadh a bharrachd, airson suidheachadh far a bheil pròiseas solarachaidh gu bhith

2(6)(b) de chlàr 5 de dh'Achd 2014) a' mìneachadh "clas sgoil-àraich" mar chlas a bhios a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.

ann, air rèiteachaidhean cùmhnant aig ùghdarrasan foghlaim le suidheachaidhean san roinn phrìobhaidich agus san treas roinn far a bheil ìrean àrda de dh'àiteachan tar-chrìochan ann.

Biadh, greimean-bìdh is deochan

187. Tha Earrann 53 de dh'Achd 1980 a' cur an cèill ullachaidhean airson a bhith a' toirt seachad biadh sgoile, greimean-bìdh is deochan do sgoilearan a tha a' frithealadh sgoiltean poblach. Faodaidh seo buntainn ri pàiste òg ion-roghnach a gheibh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte ann an ionad aig an ùghdarras foghlaim no ann an suidheachaidhean anns an roinn phrìobhaidich, san treas roinn no ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne a tha a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte tro rèiteachadh earrann 35.³⁶
188. Feumaidh am biadh agus na greimean-bìdh uile a bhith a rèir an stiùiridh às ùire a thaobh beathachadh airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne (a tha ri fhaighinn ann an [Setting the Table](#) aig an àm seo). Faodaidh suidheachaidhean a tha nam pàirt de sgoil biadh agus greimean-bìdh a thoirt seachad tro ullachaidhean/goireasan bìdh na sgoile, cho fad 's a tha iad a rèir an stiùireadh beathachaidh airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.

Biadh sgoile an-asgaidh

189. Tha slatan-tomhais ann an Achd 1980 airson clann a tha ion-roghnach air biadh sgoile an-asgaidh. Gheibhear am fiosrachadh as ùire air slatan-tomhais ion-roghnachd air [duilleagan-lìn mygov.scot](#).
190. Tha dleastanasan air ùghdarrasan foghlaim biadh-sgoile an-asgaidh a thoirt seachad do chloinn a tha ion-roghnach agus iad a' dèanamh feum air an còir reachdail air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.
191. Fo earrann 53(12) de dh'Achd 1980, tha biadh sgoile a' ciallachadh biadh sam bith a bheirear seachad ann am meadhan an latha a tha ùghdarras an fhoghlaim den bheachd a tha iomchaidh airson a chaitheamh mar bhiadh aig an àm sin den latha. Tha e an urra ri ùghdarrasan foghlaim co-dhùnadh cuine a

³⁶Tha "sgoilear" air a mhìneachadh ann an earrann 135(1) de dh'Achd 1980 mar "neach aig aois sam bith a tha a' faighinn foghlam fon Achd no a dh'fheumas foghlam fhaighinn fon Achd"; agus tha "sgoil phoblach" a' ciallachadh sgoil sam bith fo stiùireadh ùghdarras foghlaim; tha "sgoil" a' ciallachadh institiud airson foghlam bun-sgoile no àrd-sgoile no an dà chuid foghlam bun-sgoile is àrd-sgoile a tha na sgoil phoblach, sgoil le taic tabhartais no sgoil neo-eisimeileach, agus tha seo **a' gabhail a-steach sgoil-àraich** agus sgoil shònraichte; agus tha an abairt "sgoil" far a bheil e air a chleachdadh gun mìneachadh sam bith a bharrachd a' gabhail a-steach sgoil sam bith den t-seòrsa seo no a h-uile sgoile den t-seòrsa seo a rèir a' cho-theacsa. Tha "sgoil-àraich" agus "clas sgoil-àraich" an seo air am mìneachadh a rèir earrann 1(5)(a)(i) de dh'Achd 1980, mar a chaidh atharrachadh le Achd 2014 a tha a' ciallachadh sgoiltean agus clasaichean a tha a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.

bhios iad a' toirt seachad biadh sgoile taobh a-staigh na h-abairt "meadhan an latha" san fharsaingeachd.

Gealltanais biadh a thoirt seachad ann an tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne

192. Mar phàirt den aonta gus a' chòir reachdail leudaichte de 1140 uairean a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte, thug Riaghaltas na h-Alba agus COSLA gealltanais seachad còmhla gum faigheadh a h-uile pàiste a tha a' frithealadh seisean tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne maoinichte biadh an-asgaidh - a h-uile pàiste a th' ann an seisean sam bith a tha a' gabhail a-steach uairean de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte ge b' e a bheil seo measgaichte le uairean 'pàighte'. Tha an gealltanais seo na phrìomh eileamaid de Mhaoineachadh a' Leantainn a' Phàiste³⁷.
193. Bidh clann a tha ion-roghnach air biadh sgoile an-asgaidh mar-thà fhathast a' faighinn na còrach aca air biadh, a thèid a leudachadh gus a bhith a' gabhail a-steach a h-uile pàiste a bhios a' frithealadh seisean a tha a' gabhail a-steach uairean a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.
194. Bheir ùghdarrasan foghlaim am maoineachadh do shuidheachaidhean a tha a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte gus am biadh an-asgaidh a thoirt seachad, ach a-mhàin far nach eil goireasan gus biadh a dhèanamh aig an t-suidheachadh, far as dòcha gum bi aonta ann gus toir an t-ùghdarras foghlaim biadh dhan t-suidheachadh. Thathar an dùil gun obraich ùghdarrasan foghlaim ann an com-pàirteachas le solaraichean anns an roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne, gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' comharrachadh fhuasglaidhean gus an gealltanais a thaobh biadh an-asgaidh a lìbhrigeadh, gu sònraichte far nach eil goireasan solair aca air an làraich aca.
195. Mar a tha fìor a thaobh biadh-sgoile an-asgaidh, tha e roghainneil am biadh an-asgaidh a ghabhail. Faodaidh pàrantan greimean-bidh (*packed lunches*) a thoirt dhan chloinn aca nam b' fheàrr leotha sin a dhèanamh. Tha [Setting the Table](#) a' sealltainn mar bu chòir am biadh a stòradh.
196. Far am faigh clann cothrom air an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte ann an suidheachadh measgaichte, bu chòir do shuidheachaidhean feuchainn ri dòighean a stèidheachadh gus fiosrachadh a cho-roinn gu h-èifeachdach le cleachdaichean eile. Nì seo cinnteach gu bheil fios aig cleachdaichean air dè am biadh a tha clann air ithe rè seisean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte, agus gus dèanamh cinnteach gun tèid an gealltanais air biadh an-asgaidh a lìbhrigeadh gu h-ìomchaidh.

³⁷ Tha fiosrachadh mu bhith a' cur an gnìomh Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste, agus an Ìre Nàiseanta airson solaraichean Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, a' gabhail a-steach Stiùireadh Obrachaidh mionaideach do dh'ùghdarrasan foghlaim agus solaraichean foghlaim ri fhaighinn air [làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba](#).

197. Gheibhear barrachd fiosrachaidh ann an [Dòigh-obrach Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste, agus an Ìre Nàiseanta airson solaraichean Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne: Stiùireadh Obrachaidh](#)

Biadh/greimean-bìdh a bharrachd

198. Fo Earrann 53(3)(b) de dh'Achd 1980, tha cumhachdan roghnach aig ùghdarrasan foghlaim biadh is deoch a thoirt seachad, a' gabhail a-steach biadh sgoile, dhan a h-uile pàiste òg; agus, gus seo a thoirt seachad an-asgaidh no air cosgais. Tha seo a' ciallachadh gun urrainn dhaibh biadh an-asgaidh a thoirt do chloinn òga sam bith ma roghnaicheas iad no fo na prìomhachasan ionadail aca fhèin; agus, faodaidh iad am biadh sin a thoirt seachad aig àm sam bith den latha. Faodaidh iad cuideachd greimean-bìdh agus biadh a thoirt seachad aig àm sam bith den latha agus cosgais a chur air clann nach eil a rèir nan slatan-tomhais ion-roghnachd airson biadh sgoile an-asgaidh.

Sgeama Baine agus Greimean-bìdh Fallain na h-Alba

199. Bho 1 Lùnastal 2021, chaidh Sgeama Baine agus Greimean-bìdh Fallain na h-Alba a chur an àite seann sgeama Baine Sgoiltean-àraich na RA ann an Alba.

200. Feumaidh suidheachaidhean ion-roghnach a tha airson pàirt a ghabhail ann am Sgeama Baine agus Greimean-bìdh Fallain na h-Alba clàradh leis an ùghdarras ionadail aca. Feumaidh gach suidheachadh a bhith a' clàradh san ùghdarras ionadail anns a bheil e ag obair.

201. Fo Sgeama Baine agus Greimean-bìdh Fallain na h-Alba is iad na solaraichean cùram-chloinne ion-roghnach an fheadhainn (a' gabhail a-steach luchd-aireachaidh cloinne) a tha a' toirt seachad cùram latha ro-sgoile, a tha clàraichte le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus clàraichte leis an ùghdarras ionadail airson an Sgeama ùir. Gheibh iad maoineachadh tron ùghdarras ionadail gus na leanas a thoirt do chloinn a tha faighinn 2 uair a thìde no barrachd san latha:

- 189 ml (1/3 pinnt)* de bhainne ùr na bà (bainne slàn airson clann nas sine na bliadhna a dh'aois no a' gabhail a-steach bainne leth-sgiomte airson clann thairis air 2 bhliadhna a dh'aois), no a' chiad fhoirmle leanaban (airson clann fo 12 mìosan); no
- 189 mls (1/3 pinnt)* de bhainne ùr nan gobhar no bainne nan caorach (bainne slàn airson clann nas sine na bliadhna no a' gabhail a-steach bainne leth-sgiomte airson clann thairis air 2 bhliadhna);
- No roghainnean neo-bhainne neo-mhillsichte air an neartachadh le calcium (chan eil seo a' gabhail a-steach bainne rìs) airson clann nas sine na 12 mìosan nach urrainn bainne nam bà òl air sgàth adhbharan meidigeach, beusanta no creideimh;

- agus dhaibhsan a tha 6 mìosan no nas sine, greim-bìdh fallain (cuibhreann de mheasan no glasraich ùra) a tha a rèir riatanasan cuibhrinn mar a tha air a mhìneachadh ann an [Setting the Table](#)..

* No, faodar soitheach 200 ml a thoirt seachad far a bheil an rud air a thoirt seachad mar as trice ann am pòrsanan fa leth den mheud seo.

202. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air Sgeama Baine agus Greimean-bìdh Fallain na h-Alba air [Iàrach-lìn Riaghaltas na h-Alba](#).

Cùram-latha aig ìre ro-sgoile fo earrann 27 de dh’Achd 1995

203. Fo earrann 27 de dh’Achd 1995, tha e mar dhleastanas air ùghdarrasan foghlaim seòrsa sam bith de chùram a thoirt seachad, ge b’ e a bheil e air stèidh cunbhalach gus nach eil airson clann a tha ann an èis a tha fo aois 5 agus nach eil san sgoil, agus tha saorsa aca seòrsa sam bith de chùram a thoirt seachad dhaibhsan nach eil ann an èis³⁸.

204. Feumaidh ùghdarrasan foghlaim co-chomhairle a chumail cuideachd le daoine a tha, nam beachd, riochdachail de phàrantan le clann fo aois 5 nach eil san sgoil agus a tha ann an èis agus de phàrantan nach eil ann an èis, san sgìre aca mu mar a bu chòir dhaibh cùram a thoirt seachad fo earrann 27 de dh’Achd 1995. Feumar a’ cho-chomhairle a dhèanamh co-dhiù turas gach dà bhliadhna. Feumaidh ùghdarrasan foghlaim feart a thoirt air na beachdan a chaidh a chur an cèill sa cho-chomhairle agus feumaidh iad plana ullachadh agus fhoillseachadh a tha a’ mìneachadh mar a tha iad am beachd cùram latha a thoirt do chloinn fo aois 5 nach eil san sgoil agus a th’ ann an èis agus a’ mìneachadh nam planaichean aca a thaobh solar cùram latha dhaibhsan nach eil ann an èis.

Bile Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh (Corpachadh) (Alba)

205. Ghabh Pàrlamaid na h-Alba ri [Bile Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh \(Corpachadh\) \(Alba\)](#) 2021 a dh’aona-ghuthach air 16 Màirt 2021³⁹. Aon uair ’s gu bheil e air a ghnìomhachadh, bidh am Bile a’ toirt a-steach an [UNCRC](#) do lagh na h-Alba, cho math ris a’ chiad phròtacal roghainneil air clann a’ gabhail pàirt ann an cogadh agus an dàrna protocol roghainneil air reic chloinne, siùrsachd chloinne agus drabastachd chloinne.

³⁸ Fo Achd 1995, thathar a’ mìneachadh ‘cùram-latha’ mar “sheòrsa sam bith de chùram a thèid a thoirt do chloinn tron latha, ge b’ e a bheil e air a thoirt seachad gu cunbhalach gus nach eil”. Tha “ann an èis” air a mhìneachadh ann an earrannan 93(4) de dh’Achd 1995.

³⁹ Tha ullachadh sa Bhile a tha a’ ciallachadh gun tòisich e gu fèin-obrachail 6 mìosan às dèidh Aonta Rìoghail. Tha cumhachdan ann cuideachd gus an gabh am bile a chur an gnìomh nas tràithe na 6 mìosan bho Aonta Rìoghail.

206. Cumaidh am Bile taic ri bhith a' libhrigeadh cultar for-ghnìomhach de chunntachalachd làitheil airson còraichean chloinne thar seirbheisean poblach ann an Alba agus bidh e na ghluasad bunaiteach anns an dòigh sa bheil còraichean chloinne air am meas, air an dìon agus air an coileanadh ann an Alba.
207. Tha am Bile a' ciallachadh gum bi dleastanas laghail air ùghdarrasan poblach, a' gabhail a-steach Ministearan na h-Alba agus ùghdarrasan foghlaim, gus urram a thoirt do chòraichean chloinne, agus gum bi e comasach do luchd-glèidhidh cùisean laghail a thogail an aghaidh nan ùghdarrasan poblach anns na cùirtean ma thèid an còraichean a bhriseadh.
208. Cumaidh Riaghaltas na h-Alba taic ri cur an gnìomh Bile an UNCRC le pasgan de cheuman, a' gabhail a-steach stiùireadh gus taic a chumail ri ùghdarrasan poblach agus ris an fheadhainn a tha a' toirt seachad dhleastanasan poblach ann a bhith a' coileanadh an dleastanasan fon Bhile. Bheir an stiùireadh taic do dh'ùghdarrasan poblach le bhith ag ullachadh airson tòiseachadh, a' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas fheàrr no nas motha air còraichean chloinne agus a' toirt taic do dh' ùghdarrasan clàraichte gus na riatanasan aithris aca a choileanadh.

Tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig

209. Is urrainn tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig. Chan eil dleastanas sam bith air ùghdarrasan foghlaim tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne a thoirt seachad sa Ghàidhlig, ach faodaidh iad sin a dhèanamh.
210. Tha an [Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig](#) a' moladh gum beachdaich ùghdarrasan air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne Gàidhlig a stèidheachadh mar cheum a dh'ionnsaigh Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre na Bun-sgoile a libhrigeadh agus bithear an dùil gun dèan iad nas urrainn dhaibh gus dèanamh cinnteach gu bheil ìre de leantainneachd ann am FtG a rèir a' Phlana Ghàidhlig aca agus a rèir [Plana Nàiseanta na Gàidhlig](#).
211. Fo earrann 7 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ('Achd 2016'), tha còir aig pàrantan le clann fo aois sgoile, agus nach eil air tòiseachadh sa bhun-sgoil, measadh iarraidh air an fheum air Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig, ach chan eil seo a' gabhail a-steach tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.
212. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur stiùireadh ri chèile a thaobh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne gus taic a chumail ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Bidh seo ri fhaighinn do dh'ùghdarrasan foghlaim agus dhan roinn tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne san fharsaingeachd tro làraichean-lìn Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba.

A' cur nan dleastanasan reachdail an gnìomh

213. Bu chòir dragh sam bith a bheil an t-ùghdarras ionadail a' coileanadh a dhleastanasan reachdail a thaobh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a thogail tro chòmhradh leis an t-solaraiche agus leis an ùghdarras foghlaim sa chiad dol a-mach. Far nach gabh draghan fhuasgladh san dòigh seo, is urrainn pàrantan feuchainn ris na draghan seo fhuasgladh tro phròiseas gearain an ùghdarras ionadail, agus far a bheil e riatanach, tro [Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba](#).
214. Tha ullachaidhean eile an gnìomh fo Achd 2004 a tha ag amas air draghan fhuasgladh mun taic a bharrachd a tha am pàiste a' faighinn. Ach gu chòir draghan a thogail leis an t-solaraiche agus leis an ùghdarras foghlaim sa chiad dol a-mach. Gheibhear fiosrachadh agus taic a bharrachd do phàrantan mu mar a ghabhas draghan fhuasgladh bho [Enquire](#), seirbheis air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba gus comhairle agus fiosrachadh a thoirt seachad air taic a bharrachd airson ionnsachadh.
215. Dh'fhaodte gun tèid a' chumhachd aig Ministearan na h-Alba fo earrann 70 de dh'Achd 1980 a chur an gnìomh far a bheil neach aig a bheil ùidh sa chùis a' cumail a-mach nach deach dleastanas reachdail co-cheangailte ri tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a thoirt seachad. Far a bheil Ministearan riarachta gu bheil fàilligeadh buntainneach air a bhith ann le manaidsearan sgoile no ionad foghlaim, faodaidh Ministearan na h-Alba òrdachadh gun tèid an dleastanas a choileanadh taobh a-staigh ùine shònraichte. Tha clàran-ama reachdail anns am feumar dèiligeadh ri cùis air a bheilear a' beachdachadh fo earrann 70⁴⁰.
216. San fharsaingeachd, is urrainnear dùbhlàn laghail a thogail mu chur an gnìomh fhoincsean poblach tro ath-sgrùdadh laghail.

⁴⁰ Tha iad seo air an cur an cèill ann an Riaghailtean Earrann 70 (Dòigh-obrach) Alba 2017.

Leas-phàipear A: Faclair

Teirm	Tuairisgeul
Feumalachdan Taic a bharrachd (ASN)	Tha feumalachdan taic a bharrachd aig clann no duine òg, far nach fhaigheadh iad buannachd bho fhoghlam sgoile air adhbhar sam bith, mur a faigh iad taic a bharrachd.
Frithealadh	Tha seo a' ciallachadh làithreachd pàiste air latha sam bith. Feumaidh suidheachaidhean làithreachd a chlàradh.
Modail/àiteachan measgaichte	Am modail far a bheil clann a' frithealadh dà no barrachd shuidheachaidhean, air an riaghladh le diofar sholaraichean, a tha ag obair còmhla gus a' chòir aca air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a thoirt dhaibh. Is e 'àite-measgaichte' a chanar ri seo mar as trice, ach uaireannan, chanar 'àite roinnte' ris.
COSLA	Is e COSLA - Co-cruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba, guth Riaghaltas Ionadail na h-Alba. Bidh iad a' toirt seachad ceannas poilitigeach air ceistean nàiseanta, agus ag obair le ùghdarrasan ionadail gus piseach a thoirt air seirbheisean ionadail agus gus deamocrasaidh ionadail a neartachadh.
Luchd- aireachaidh chloinne	Tha neach-aireachaidh chloinne air a mhìneachadh mar neach a tha ag obair le clann airson barrachd air 2 uair a thìde san dachaigh aca fhèin airson pàigheadh.
Tràth- ionnsachadh agus Cùram- chloinne (<i>Early Learning and Childcare</i> - ELC)	Tha solar seirbheis, a' gabhail a-steach foghlam agus cùram, de sheòrsa a tha freagarrach mar as àbhaist airson clann a tha fo aois sgoile, agus gum feumar aire a thoirt air cho cudromach 's a tha eadar-obrachadh agus gnàth-eòlasan eile a chumas taic ri ionnsachadh is leasachadh ann an suidheachadh dàimheil, àrachail.
Pàiste ion- roghnach	Tha pàiste ion-roghnach air a mhìneachadh ann an reachdas (Achd na Cloinne is na h-Òigridh (Alba) 2014 agus Òrdugh Solar Tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne (Clann air an Sònrachadh) (Alba) 2014 mar a chaidh atharrachadh). Seo a h-uile pàiste aois 3 agus 4 agus cuid de chloinn aois 2, bhon latha tòiseachaidh iomchaidh. Tha an latha air am faigh clann cothrom air a' chòir mhaoinichte aca a rèir an latha-breith aca.
Ùghdarras foghlaim	Ùghdarras ionadail agus e a' toirt seachad a dhleastanasan a thaobh foghlaim sgoile. Tha na dleastanasan aig ùghdarrasan foghlaim gus dèanamh cinnteach gum faigh clann fo aois sgoile foghlam air an cur an cèill ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980.

Teirm	Tuairisgeul
Sùbailteachd	<p>Nì ùghdarrasan foghlam cinnteach gu bheil sùbailteachd agus roghainn ann do phàrantan a thaobh nam pàtranan de dh'uairean de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a tha rim faighinn tron sgìre ùghdarras ionadail aca.</p> <p>Tha an t-sùbailteachd seo cuideachd ann a thaobh cothrom air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a tha air a libhrigeadh tro shuidheachaidhean san roinn phrìobhaidich, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne.</p>
Còir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte	<p>An àireamh de dh'uairean a thìde de thràth-ionnsachadh, mar a tha e air a mhìneachadh ann an earrann 48 de dh'Achd na Cloinne agus na h-Òigridh (Alba) 2014, air a bheil clann ion-roghnach agus aig a bheil dleastanas air ùghdarrasan foghlam a thoirt seachad do chloinn ion-roghnach. 'S e an ìre reachdail de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a chanar ri seo ann an Achd na Cloinne agus na h-Òigridh (Alba) 2014 agus tha e air a shuidheachadh aig 1140 uairean a thìde anns gach bliadhna do phàiste a tha ion-roghnach.</p>
Solaraiche maoinichte	<p>Suidheachadh a tha a' coileanadh na h-Ire Nàiseanta agus a' toirt seachad na còrach reachdail air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte do chloinn a tha ion-roghnach. Tha seo a' gabhail a-steach shuidheachaidhean aig ùghdarrasan ionadail, agus suidheachaidhean san treas roinn, san roinn phrìobhaidich agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne, a tha a' libhrigeadh na còrach reachdail air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.</p>

Teirm	Tuairisgeul
<p>Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste (<i>Funding Follows the Child</i>)</p>	<p>Nì an dòigh-obrach 'neodrach a thaobh solaraidhe' seo cinnteach gu bheil a' chòir air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte air a libhrigeadh ann an suidheachaidhean àrd-chàileachd, agus tha e air a dhaingneachadh le Ìre Nàiseanta a dh'fheumas a h-uile suidheachadh coileanadh a tha airson a' chòir air tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne maoinichte a libhrigeadh.</p> <p>Aig cridhe na h-Ìre Nàiseanta tha seata de shlatan-tomhais càileachd a tha soilleir agus cunbhalach, a tha ag aithneachadh aig a' cheann thall gu bheil leudachadh air tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne mu bhith a' leasachadh gnàth-eòlas tràth-bhliadhnaichean na cloinne as òige againn.</p> <p>Bheir an dòigh-obrach seo roghainn do phàrantan oir bidh e comasach dhaibh suidheachadh sam bith a thaghadh - ge b' e a bheil iad san roinn phoblaich, san roinn phrìobhaidich no ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne - a tha a' coileanadh na h-ìre nàiseanta, anns a bheil àite bàn, agus a tha deònach a dhol an sàs ann an cùmhnant leis an ùghdarras ionadail.</p> <p>Tha fiosrachadh mu bhith a' cur an gnìomh Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste, agus an Ìre Nàiseanta airson solaraidhean Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, a' gabhail a-steach Stiùireadh Obrachaidh mionaideach do dh'ùghdarrasan foghlaim agus solaraidhean foghlaim ri fhaighinn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba.</p>
<p>Ga fhaighinn ceart airson gach leanabh (GIRFEC)</p>	<p>An dòigh-obrach nàiseanta ann an Alba gus piseach a thoirt air sunnd ar cloinne agus ar daoine òga tro bhith a' tabhann a' chuideachaidh cheart, aig an àm cheart, bho na daoine ceart, gus taic a thoirt dhaibh agus do am pàrantan gus obrachadh ann an com-pàirteachas leis na seirbheisean as urrainn an cuideachadh. Tha sunnd aig cridhe dòigh-obrach GIRFEC mar thoradh air an fheum dèanamh cinnteach gu bheil an taic agus an cuideachadh a tha clann, daoine òga agus an teaghlaichean a' faighinn gus taic a chumail ris an t-sunnd aca a' freagairt orra fhèin. Bheir a h-uile rud timcheall air pàiste no duine òg agus a h-uile rud a thachras dhaibh agus a h-uile rud air a bheil iad feumach aig diofar amannan nam beatha buaidh air an sunnd.</p>

Teirm	Tuairisgeul
Bun-fhrèam-obrach	Tha am bun-fhrèam-obrach a' mìneachadh na dòigh anns am bu chòir tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a bhith air a libhrigeadh. Bu chòir seiseanan tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a bhith air an libhrigeadh thairis air co-dhiù 38 seachdainean gach bliadhna, agus feumaidh iad a bhith 10 uairean no nas lugha a dh'fhaid.
Pàtranan frithealaidh	Tha seo a' ciallachadh nan seiseanan a tha pàiste air clàradh gus frithealadh ann an suidheachadh (m.e. 5 madainnean san t-seachdain, 48 seachdainean sa bhliadhna).
Cluich	Tha cluich a' gabhail a-steach dol a-mach le clann a chaidh a thaghadh gu saor-thoileach, a tha air a stiùireadh leotha fhèin agus a tha air a bhrosnachadh gu h-inntrinsigeach. Nithear e gun amas no duais sam bith bhon taobh a-muigh agus tha e na phàirt bhunaiteach de leasachadh fallain a tha a' feuchainn ri gnàth-eòlasan cluiche a dhèanamh nas fheàrr dhan chloinn air fad.
Solaraiche	Buidheann sam bith a tha a' toirt seachad solar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, ann an aon no barrachd shuidheachaidhean, a tha clàraichte le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim fo chlàraidhean cùram-latha chloinne no aireachaidh chloinne.
Neodrach a thaobh solaraiche (<i>provider neutral</i>)	An dòigh-obrach a bheir cothrom do phàrantan taghadh bho ghrunn dhiofar shuidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne gus an rud a thaghadh a tha a rèir feumalachdan a' pàiste aca, a rèir Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste. Bheir e cothrom do phàrantan a bhith a' taghadh bho ghrunn diofar sholaraichean - ge b' e a bheil iad san roinn phoblaich, san roinn phrìobhaidich no ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne - ma tha an suidheachadh sin a' coileanadh na h-Ìre Nàiseanta, ma tha àite bàn ann agus ma tha an suidheachadh deònach a dhol an sàs ann an cùmhnant leis an ùghdarras ionadail.
Shuideachadh (<i>setting</i>)	Seirbheis sam bith a tha a' toirt seachad solar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a tha clàraichte le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim fo chlàraidhean cùram-latha chloinne no aireachaidh chloinne.
Treas roinn	Tha an treas roinn a' gabhail a-steach buidhnean carthannais, iomairtean sòisealta, buidhnean saor-thoiseach, agus bidh an roinn seo a' libhrigeadh seirbheisean ro-chudromach. Tha iad ro-chudromach ann a bhith a' cumail taic ri coimhearsnachdan aig ìre ionadail.



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2021

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu **nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3** no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: **psi@nationalarchives.gsi.gov.uk**.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig **www.gov.scot**

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3EG

ISBN: 978-1-80201-157-9 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, am t-luchar 2021.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS899746 (07/21)

w w w . g o v . s c o t